



H.M. 63.



CO-CHRUINNEACHA
DHAN, ORAIN,
&c. &c.

A
Collection of Original
POEMS, SONGS, &c.
Taken from Oral Recitation

IN VARIOUS PARTS OF THE HIGHLANDS AND ISLANDS
OF SCOTLAND, DURING THE LAST TWENTY YEARS.

TO WHICH ARE ADDED,
NOTES,
BIOGRAPHICAL, CRITICAL, & EXPLANATORY.

INBHIRNIS:
Dealbh-bhuailt le Seumais Friseal.
1821.

PRICE 5s.



LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

PREFACE.

ANCIENT Poetry will appear of inestimable value to those who take pleasure in contemplating the lives and manners of their Ancestors, as delineated by their earliest Historians, the Bards. In their Poems and Songs, the exploits of their heroes are preserved, the manners of the people described, and their loves, habits, and superstitions commemorated. Some Nations have made a greater figure than others in this branch of Literature; but none, perhaps, greater than the Celts. The most ancient specimens of their Poetry are undoubtedly the best; yet, the modern productions of the Celtic Muse are far beyond mediocrity. Some of the Oran Gaoil, for simplicity, tenderness and beauty, cannot be surpassed. Many of the Highland airs are known to be very fine; while the elegance of expression, and the melting strains of the Bard of nature, are often inimitable.

As National Poetry is therefore of acknowledged value, the loss of such relics is to be regretted. The Nation already mentioned is not altogether unfortunate in this respect. Many have been sensible of the importance of rescuing from oblivion, ere it was too late, some of the works of their Bards; and there now remains a lasting monument of the genius, the valour, and accomplishments of a people formerly but little known.

Conceiving, then, endeavours which may contribute in the least degree to preserve any part of our National Poetry as commendable, the Editor has made a selection of numerous MSS. in his hands, taken from Oral Recitation, at different times, to gratify his own curiosity. But after having prepared them for the Press, many obstacles occurred. Gaelic Collections are commonly published at the risk of the Author, or Editor, by Subscription. The public is not seldom imposed

on in this way, so that one is ashamed, even if he should have time and inclination, to offer a Proposal for publishing by Subscription. Many of the Collections thus published are so incorrect and imperfect—exceptionable in point of morals, or faulty in orthography and purity of style—as to disgust rather than gratify the man of taste; and how often do we find the greater part of them transcribed from other Collections!—From these considerations, the Editor came to the resolution of publishing this Small Volume at his own risk. He has taken the greatest care in rendering the Poems and Songs selected as entire and perfect as possible, by comparing and collating different MS. copies, and rejecting interpolations and spurious Editions. By this means he has been enabled to give the Poem of “Mordu” complete in all its parts, less than the half of which was only published heretofore as a fragment; and the favourite Song of “Mairi Lurach,” in its original state, without Cupid or Venus—having had a copy of it taken from Oral Recitation, before it appeared in print. Many are excluded, which have been inserted in other Collections, and many have been lost, (equal to the Poems and Songs now offered), as the Editor, at the time of writing them, had no thoughts of publishing.

It is to be regretted that no attempt has been made to rescue the memories of our Bards from oblivion, by preserving anecdotes and memoirs of their lives along with their works. The Editor could not venture to supply the loss in this Collection, but in a very limited manner. How far he has succeeded in rendering the Volume worthy of the notice of the public, and avoiding those faults which he has taken the liberty to censure in others, must be left to his Readers to judge.

CLAR-INNSIDH.

TAOBH DUILI EIG.

Mordubh.—Sean Dàn	1
Collath.—Sean Dàn	41
Laoidh Naomhain	67
Cumha le tē da leanuan sith	69
Oran Gaoil	72
Duanag	74
Do nighean òg uasal	76
Oran Gaoil	79
Leannanachd	81
Oran Dùcha	84
Duanag	87
Rainn Sugraidh	89
Oran Gaoil	91
Oran Gaoil	94
Oran nam Fineachan Gaelach	96
Marbhrann Duine chòir ionraic	105
An Ròs—O Anacreon	105
Mairi—O'n Bheurla	106
Cumha Leannain	108
Rainn Sugraidh	110
Oran rinneadh an America	112
Oran le Fear a bha dol a dh' America	120
Oran leis an Aigeanaich	123
Oran Gaoil	128
Oran Gaoil	151
Oran Eireannach	142

CLAR-INNSIDH.

Oran Gaoil	146
Luinneag	151
Oran Gaoil, le nighean òg	155
Cumha le oganach da leannan	155
Gaoir nam ban Muileach	158
Do Chlainn-'Illeain	164
Oran Gaoil	166
An Seoladair	169
Oran Gaoil	171
Mairi Lurach	175
An t-Ailleagan	177
Duanag	180
Rann do 'n Uisge bheatha	182
Tuire do Cheannard Chlainn-'Illeain	185
Maolàcha, a's Cailean Chruachain	186
Leis a Bhard cheudna	190
Leis a Bhard cheudna	195
Stròineasgair	194
Muilean Leacuin	205
Oran	215
Oran Irteach	215

COCHRUINNEACHA

DHAN, ORAIN, &c. &c.

MORDUBH.*—SEAN DAN.

A Cheud Earran.

AM bheil thus' air sgiathan do luathais,

A ghoath, gu triall led' uile neart?

Thig le cairdeas dh'ionnsuidh m' aois—

Thoir sgriob eutrom thair mo chraig.

Co-aois m' oige ghlac an t-aog,

5

* The Author of this Poem, whose name is Douthal, was both a Chief and a Bard of great repute. The accounts which tradition gives of him are various; but the most probable makes him the Poet of Mordubh, King of the Caledonians. A fragment of this Poem has been published in Gillies' Collection, in two Parts, consisting of the First, and nearly half the Second Book. It is now given in three Parts entire; and differs not materially from the Translation given in the Caledonian Bards—a small Volume published in the last century.

'S uaigneach m' aigne 'n uaimh mo bhròin ;
 'S mōr mo leon fo laimh na h-aois.
 Osaig tha 'g astar o thuath,
 Na dean tuasaid rium, 's mi lag.
 Bha mi uair ga'n robh mo cheum 10
 Cho eutrom riuts, a ghaoth ;
 Mo neart mar chraig a Chruai-mhill,
 'S ioma cath 's na bhtail mi beum ;
 'S tric taibhse mo naimhdean ag astar,
 Le ceum lag, o bheinn gu beinn. 15
 Ach thig ám do bhroin-sa, ghaoth,
 'N uair dh'ireas tu 'n t-aonach gu mall.
 Cha'n imrich thu neoil thar coill,
 'S cha lùb a choille fo d' laimh,
 'S cha gheill am fraoch anfhann fein,— 20
 Ach togaidh gach geug an ceann.
 Bi badhail riumsa, ghaoth,
 Oir tha 'n aois ort fein ro theann.
 Cuir lasair ri geug do'n ghallan,
 A shealgair coire 's aille snuadh. 25

Tha 'n oiche siubhal o'n ear,
 Tha ghrian a' critheadh 's an iar.
 D'fhosgail eilean Flathinnis sa chuan,
 Tri uairean dorsa nan nial,
 A glaothaich, "Dean cabhag thar a chuan" 30
 'Le d' chuach-fholt àluinn, a ghrian."
 Tha neoil duth siubhlach na h-oiche,
 Gun aoibhneas air chùl nan tonn ;
 'S tric iad ag amharc do thriall,
 A ghnuis aluinn tha 'g astar o'n ear. 35
 Ach eiribh le 'r sgiathan o'n chuan,
 A neoil dhorch nan ioma gruaim.
 Tha sgàilean nan sonn o shean,
 Tabhairt cuireadh o'n ghrein gu flathinnis.*

Beannachd le rìghinn chiuin do ruin, 40
 Buaidh le d' shaighead air gach beinn,

* The Sun was supposed to sleep in Flathinnis, *the Isle of Heroes*, in the western ocean. The human mind has been in every age ambitious of obtaining a happy hereafter. The Celts, indulging in this pleasant presentiment, sent the ghosts of their departed friends to this imaginary paradise.

A shealgair tha tabhairt dhomh treoir,
'S mi leonta fo laimh na h-aois !

Ach suidh thusa ann am uaimh,

A's eisd ri tuasaid ghaoth a's chrag ; 45

Innsidh mi dhuit sgeul is mor brìgh,

Air suinn tha sìnte fo'n lic :

'S taitneach na smaointean a thriall ;

'S miannach dreach nam bliana d'fhalbh !

Pill thusa m' oige, le 'd uile ghnìomh, 50

A's feuch do m' anam blian mo neart ;

Feuch gach cath 's na bhuail mi beum,

A's airm nan laoch bha treubhach borb,

Thugaibh suil o neoil na'r suain.

Fheara bha cruaidh anns gach cath, 55

Cluinnidh ur clann fuaim ur cliu,

'S biodh sileadh an suil gu lār.

Tha m' anam a soillseacha le gnìomh,

Nam bliana d'fhalbh, a's nach pill.

D'fholuich a ghealach a ceann, 60

Bha codal reultan air chul neoil ;

MORDUBH.

Cabhag ghaoth a's chuan o chian,
 Bu gharbh an cath bha edar stuaigh,
 A's sileadh ghailbheach nan speur,
 'N uair dh' eirich co-shamhla Shailmhoir,* 65
 O leabai fhuair sa gharbh chuan ;
 A siubhal air bharraibh nan stuagh,
 'S a ghaoth cur meanbh chath mu'n cuairt,
 Dh' eirich mac an aoig air sgiath
 Na h-osaig, gu gruaidh Chraigmhoir ; 70
 'S bha anail fhiadhaich nan nial,
 Ag eiridh ma shleagh gun ghuin.
 Ag amharc anuas o leabai fhuair,
 'S mōr am brìdh a bha na ghuth :
 " Duisgibh ! chlann Alba nam buadh, 75
 'S garbh colg ur naimhdean o thuath ;
 A' gluasad air bharraibh nan tonn,

* Salmor was drowned in passing from the mainland to his own house in one of the Hebrides, on hearing that his wife was taken prisoner, and his lands laid waste by Tuthmar, a Chief of Norway, whose father Salmor is said to have killed in battle.—TRAD.

MORDUBH.

Tha clanna Lochluinn* nan loma long.
 Eiribh! chlann Alba nam buadh,
 'S mor neart ur naimhdean o thuath." 80
 Air sgiath na h-osaige fhuair
 D' fhalbh mac na h-oiche gu luath.
 Lūb an darach garbh fo chosan,
 'S chrith gach gallan roi' fheirg.
 "Tionailibh mo shuinn o'n t-scilg," 85
 Thubbairt Ceannfeona na h-Alba,
 "Soillsiche srad air Druim feinne,
 A's thig mo laoich o ghruaidh na beinne."
 Labhair Mordubh, Rìgh nan srath,
 'S lionar crag tha 'g innseadh sgeil. 90
 Chuala clann a chath am fonn,
 A's leum iomad lann ghlas amach.
 Dh' eirich a mhaduin san ear,
 A's dh' iarr i air sian gailbheach gluasad.

* The Lochlins, signify in Gaelic *The Descendants of the Ocean*, and comprehend all the Northern Nations who invaded the Caledonians.

MORDUBH.

B' àluin, maiseach, fiamh na greine 95
 Tighin amach gu ciuin o'n chuan ;
 B' aoisgeadh a gathan air airm
 Nan laoch mor bhudhach anns gach cath.

Air adhart dh' eirich Ciabh-ghlas treun,
 A's iomad sleagh air chul Cheann-aird. 100

Tha Treunmor a tional a shluaigh ;
 'S c'uime bhi Mordal air dheire.

Labhair Ciabh-ghlas, bu mhor aois,

“ Co chuinnaic Sunar o thuath ?

Am bheil e togail ioma sleagh ? 105

Thug mi fein am òig air buaidh.

Ge fann mi'n diugh anns a chath,

Bha mi'n sin gu neartar cruaidh.

Ni m' bheil a d' neart, no d' chruadal feum.”

Thuir Mac-Corbhui bu bheag cliu, 110

“ 'S treun meamnach, Sunar o thuath.

Tha gathan na greine ag leum

Mu'n cuairt a dh' eide an t-seoid.

Tha suinn gharbh neartar ri thaobh,

Is ard a choille tha lūba fo chosan. 115

'Tha creagan Thìrmhoir beag fo cheum,
'S trom colgar, gailbheach rìgh Lochluin,
'S cha tōir Siol Alba air buaidh."

CIABH-GALAS.

" Imich thus' a ghealtoire chlaoin
Gu aiseiridh shamhach nam ban. 120

Tha d' anam air chrith mar dhuille uaine,
A ghluaiseas roimh anail nan speur,
Mar thuiteas i roi' fhuachd a gheamhrai,
Teich thusa o na naimhdean borb :

Ach is ioma craobh gharbh sa bheinn so 125
A sheasas 'n uair is gailbheach sian.

Is tric thainig naimhdean o thuath,
Ach buanachd cha d' thug iad riamh.

Imich thusa mhie gun chliu,
Gu aiseiridh chuil nan daoine crion. 130

Mur biodh aigesan tha gun chliu,
Naimhdean nach bu mhō na thu,

B' aobhar eagail nach b' fhiu dha
Airm a rusgadh sa chath.

A feith air Clainn Lochluin o thuath, 135

MORFUBH.

Bi 'n cruaidh lanna fuilteach o'n taobh.
 Chualas d' fhocail bu bheag stà,
 A mhic an ardain tog do ghath."

Dh' eirich dà shleagh gu h-ard—
 Bha rusgadh lann air gach taobh. 140

Dhuisg anis neart na h-Alba,
 Chum garbh chath thabhairt dhith fein :
 Ach, thainig sgiath ladair an t-sluaigh,
 Rìgh aluin Albainn a nuas,
 Le corruich mhor, 's le trom ghruaim, 145

Dh' amhaire e air na suinn làn fuath.
 Tha shuil gu fiadhaich ag siubhal,
 Gu dubhach o fhear gu fear ;
 Air eagal gu tuiteadh an sluagh,
 Borb luath ag imeachd tha ghuth : 150

"Na ruisgeadh lann a chlainn na fairge,
 Na canaibh gu leag sibh sinn.
 Is tric dh' eirich sleagh ur 'n athraiche ;
 Is lionar an cill air ar tràigh ;
 Ach 's aoibhinn duibhse, chlainn Lochluinn, 155
 Leagar Alba le h-airm fein !"

MORDUBH.

Làn maslaidh o fhearg an rìgh,
 Shiubhail na laoiach a dhuìsg an strì ;
 Mar dhā neul tha siubhal air carn,
 'Nuair shiubhlas a ghrian air mìn dhriuc : 160
 Dubhach bha na glinn roi 'n ceum,
 Ag amharc an tighin an deoir nan speur.
 Cha 'n fhiu leo an enocan crìon,
 Tha triall chum gruaidh Ard-chraig.
 Mar sin a shiubhlas na suinn, 165
 An coinneadh a naimhdean borb.
 Air adhart tha ceum Rìgh Alba,
 Mar gharbh chraig an aghaidh tuinn mhoir,
 'N uair chruinnicheas neart nan stuagh,
 A tabhairt garbh chath do thuilte. 170

Mar ghaoth oiche shiubhlas air speur,
 Thainig clann Lochluinn nan sleagh ;
 Cha siubhail osag na h-aonar,
 'S ann cōla tha dubh ghruaim nan sian.
 Dh' eirich airm Albainn gu h-aird, 175
 Mar thairneanach tha gairm nan enoc ;

MORDUBH.

Mar thuiteas dā chloch o bheinn ard,
 'S iad tachairt air ūrlar a ghlinn,
 Mar sin bha toiseach garbh a chath,
 Is iomad namh a thuit leinn. 180
 Bha uamhann a bhlaire air an fhraoch—
 Bha tuilte folá mu shleagh Cheann-ard ;
 B' iomad creubhag a lot Mordal—
 Bu chruaidh, borb, flathail gach fear.
 Ach co b' urrainn seasadh roi' cheud ? 185
 Chunnaic an Rìgh ar ceum air ais ;
 Las anam a ghaisgich le fearg,
 'S allt dearg a leanailt a shleagha ;
 Bha taibhsean a naimhdean mu'n cuairt,
 Ach fad' uaith fein bha na laoi-ch. 190
 Thainig e mu dheire nan deigh,
 Mar thonn a tuiteam o'n chreig ;
 'S tric a dh' iar an fhairg air dìreadh—
 'S tric a thilg an stuagh e o bhonn ;
 Tha gāraich a choi stri garg, 195
 'S am barr glas briseadh 's a ghaoith.

MORDUIN.

C' uime tha thu gruamach 's an iar,
 A ghrian āluin ag astar nan nial?
 Cha b' anfhann na suinn—
 Cha do theich sinn roi 'n mheata. 200
 'S tric chuir neoil dhorch ort fein sual,
 An aimsir ghailbheach nan sian.
 Ach 'n uair theid fògradh air a ghaoth,
 'S theid caonnag nan speur gu taobh ;
 'N uair bheir thu smachd air na neoil, 205
 'S a ghlacas a ghaoth air do laimh ;
 'N uair sheallas tu oirne nuas,
 'S do chuach fholt āluin a sniomh ;
 'N uair bhios fianh ghāir air do ghnuis,
 'S mōr aoibhneas eide gach cnuic— 210
 'S aidhearach leinn do bhuidh 's na speuran,
 A's beannuichidh sinn do ghathan, a ghrian.
 Imich gu 'd leaba le ceol,
 Thusa tha measg nan reultan mōr ;
 Bheir sinne buaidh fathasd, 215
 Ged' tha sinn a nochd fo leon:

MORDUBH.

An Dara Carran.

Tri uairean chrath an oiche
 A sgiath dubh, cheo'-ach, 's an ear ;
 Tri uairean sheall na reultan,
 Mar neoil ghruamach nan speur. 220

Bha osna thamailte nan laoch,
 'S a ghaoith ag astar nan carn ;
 Bha co-shamhla nan sonn o shean,
 Le corruich ag siubhal nam bean.
 Chualas trom osna nam marbh, 225

'S b' anfhann an guth 's na neoil ;
 Chuimhnich sinn gaisge an lamh,
 A's ghabh sinn tamailte mhor.

Air ard-chraig dh' amhairc an Righ,
 'S lionar gaisgeach bha fo ghruaim ; 230
 Bha 'n smaointean soillear dha fein,
 A's labhair e le briathraibh borb.

Air cuis 'n uair luidheas gruaim,
 Theid fuadach an cridhe crion,
 'S theid fir fhann gu luath fo dhion, 235
 Togaidh an calma cheann roi 'ghailleann;
 'S cha bhì fianh taise na ghnuis.
 Tha ceumana nan sian 's an doire,
 'S cha lub an darach a ghlūa.
 Abraibh sibhse Chinn-fheona, 240
 An d' thainig sinn o dhaoine crion!
 An ann do gheuga fann ar sleagh?
 O dharach Alba nam mor ghnionh,
 'S tric thainig naimhdean o thuath,
 'S c'uin a theich ar sinnsir gun bhuaidh? 245
 An geill sibhse do chlainn na fairge,
 Far am b' àbhaist taibhse nan naimhdean
 Leum o osaig gu h-osaig,
 Le trom osna bhròin nam marbh?
 Tha chlach ud le mōintich lia, 250
 A cumail cuimhne air treun laoich,
 Ag radh, "Cha do theich ar n' athraiche riamh,
 Fheara leanaibh dian an lorg!"

MORDUBH.

Ag eisdeachd ri briathraibh an rìgh,
 Bu dubhach bha na suinn mu'n cuairt. 255
 Ag amharc claidhe, sgiath a's sleagh,
 'S le focail gun bhrìgh ann a chluais.

Sheas Morcheann, Triath Allt-duibh,
 Tri uaireán chrath e sgiath,
 Tri uairean bhuail e an darach; 260
 " Ainmic bha mo bhuillean fann.
 Ainmic fhuair mo naimhdean buaidh;
 Ged 'thug blian' air falbh mo neart,
 Ni bheil gealtachd am ghruaidh.
 Shaoileam gu'n togadh mo mhac 265
 Mo leac, 's gu càireadh e mo cheann.
 Chaoi ni 'n togar sgiath, no leac
 Le oigear flathail nan deas lann.
 Bha cheum air adhart sa chath:
 Ach d' fhaillig gach caraid mu 'n cuairt. 270
 Bha iomad namhaid na strì;
 'S thuit an laoch roi' mhìle sluaigh."
 Beannachd ars 'an rìgh do'n laoch,

Ach na aonar ni 'm faod e falbh ;
 Theid Ceann feona nochd na lorg ; 275
 'S dorch do choigrich tamh nam marbh.

Ghlac Ogan Mac-Chorbui a sgiath,
 An diomhain duinn gu eiridh grein ?
 Nan' dean sibh feidh da'r luchd mì-rùin ?
 An sin do labhair Ceannard treun, 280
 'S tric thug siol Albainn an t-slige ciuin ;
 Ach c' uin a thainig bās air coigrich,
 'N uair a thachair iad le mùirn ?
 Is treubhach, maiseach, linn Lochluinn,
 A's buidhinne sinn fòs ar cliu. 285
 Ciod uime thuitemid mār neul,
 Thig le sgleo o linne bhuirn,
 A snamh as air bharruibh nam beann,
 'N uair chaidhleas a ghealach fo shuain,
 'S a chrathas gaillean clocha trom, 290
 'S fiamh eagail air rionnag nan sian ?
 Crathaidh mhaduin a ceann 's an ear,
 'S eiridh a ghrian le cuach f'holt ciuin ;

Biodh solus a ghath air gach sgiath,
'S bās a gearradh airm gach suinn. 295

A cur air sgiath Dhunairm,
Dubhairt Morfholt,* fanaibh gach laoch,
Air an tog lamh mhìn gheal leac,
Ach luidhidh mise nochd air fraoch.
Cha bhi deoir air gruaidh am dheigh— 300
Cha 'n eirich cloch mo chliu—
Cha 'n abair athair, mo mhac,
No gruagach, mo chreach, mo rùn!
Lot mo shaidhead uchd na rìghin,
Bha tlachdar thar mhìle mnaoi. 305
Bha fuil mo chairdean ag cur smùid,
Dheth na h-airm dhu'-ghorm nan lamh;
Bu naimhdean a dh'-Alba, m'athraiche,

* Morfholt was a Scandinavian. His history, as given by himself, is full of the most affecting incidents. His character is distinguished by valour in the highest degree, and unshaken fidelity, to the Chief of Dunarm, who so hospitably received him on landing in Scotland, and to whom he occasioned the greatest misfortune—the loss of his family!

- Aig Rìgh Lochluinn, b' ainmeil iad.
 B'aite leam siubhal na fairge, 310
 Thog sea gaisgich bhorb mo bhreid.
 Thainig gaoth le cabhaig o thuath,
 'S thog na stuaigh le feirg an druim ;
 Bha meanbh chath ag eiridh mu'n cuairt,
 'S neoil ghruamach ag astar os-ceann. 315
 Dh' eirich Albainn air bharr tuinn,
 'S chrath gach doir' an ciabh le fàilte.
 Bha sliabhan gorm gu ceolar binn,
 Le'n crathadh minn roi' cheann ar bàrc.
 Be Dunairm ceann-uighe nan coigreach, 320
 A's shìu an Ceannard gasd' a lamh.
 'S e beatha clann Lochluinn an Albainn,
 'N uair bhios meirg fìochaidh air an lamh,
 'S lionar ar feidh, a's làn ar sligean ;
 'S tha cliu a's misneach 'n ar sgeul ; 325
 'S c'uime chitear gruaim air coigreach ?
 Chaidh surd le sòlas air cuirm ;
 B' aoibhinn leinn còradh ar sìth ;
 'S bheannuich sinn naimhdean ar tìr f

MORDUEH.

Mar ghath greine air maduin chiuin, 330
 'N uair chromar le driuc gach geug,
 Bha Mìnbhas an talla na mùirn,
 A's ioma laoch toirt suil na deigh ;
 Ach, thug i a rùn do Mhorfholt.
 Agam cha robh sliabh no suinn ; 335
 Bha mi am aonar sa chath,
 Thuit naimhde Lochluinn le m' laimh—
 Thuit, 's cha d' eirich mo chliu.
 Imich thusa, ars' an oigh,
 Gu cathaibh rìghrean cein ; 340
 Eireadh do chliu-sa fad as,
 A's chuinnidh Mìnbhas an sgeul.
 Raineas rìgh Eirinn nan sìeagh,
 A's thuit a naimhdean le m' lainn ;
 Sheinn am bard, a's fad' thar chuan 345
 Chualas m' iomradh gu fial.
 B' fhaoin oighean Innsefail,
 Le 'n lamhan mìn-gheala caoin,
 Romham gu furanach fial,
 Ach ni 'n d' fhuair a h-aon mo ghradh. 350

MORDUBH.

'N tra throaigh fearg, 's a phill sith,
 'Thill mi gu oigh nam bas mìn.
 'N uair dh' eirich Dunairm gu h-ard,
 Bha ghrian na tamh an cluain seamh,
 'S a ghealach a siubhal gu luath 355

O nial gu nial le baoisge geal—
 'Thainig guth air osaig na h-oiche,
 O chirb na doire ud thall,
 Mac ghuth na maidne cubhrai,
 Air aiseag gu m' chluais gu mìn mall : 360

“ Imich, 's ma thuiteas tu ghraidh,
 Mo shuilean biodh silteach gach trà.”
 Chrith m'anam le eagal am cliabh,
 Mar nach robh e roimhe riamh.
 Chunnas Mìnbhas nan gaol 365

Le armun gasda ri taobh.
 Lùb mi 'n tiubhar, ag radh—
 “ A shaighead ruig cridhe na ceilg,
 Nior rachadh an laoch an cein,
 A bhuidhean cliu do chridhe 'n ardain. 370

Rainig an guin nìmhe a taobh,

MORDUBH.

A's chlaon an oiche air tom.
 Bha cuach fholt dearg le fuil,
 A's dh'imich a h-osna air osaig na h-oiche.
 Cion a thainig guin an aoig?" 375
 Thuirt an laoch, le guth ard,
 "O laimh an fhir nach bu tais,"
 A's thog mi an t-sleagh am laimh.
 A mhacain na h-oiche uaigni,
 Thuirt an t-ōg le mor ioghna, 380
 "Tha neart a d' laimh, a ghaisgich,
 'N uair is faoin do namh.
 Nior thog an gaisgeach a shleagh,
 Le cridhe gun ádhadh, gun ghean.
 Falbhaidh do thaibhse duaichni, 385
 Le macaibh na gaoithe duibh ;
 Far nach tog do lamhan lann,
 'S nach guin do shaighead cridhe gaoil."

B' fhad a ghreis thug sinn,
 Cha chualas Mìnbhas le gàir airm ; 390
 Thuit a shleagh o laimh mo namh ;

A's chlaon e fadheoi air an fhraoch.
 Thainig a ghealach o neoil ;
 A's chunnas mo charaid na fhuil.
 " An do thuit thu, bhrathair ghaoil ?" 395
 Thuirt an oigh, 's an t-aog na beul :
 " 'S nach faic t-athair thu tilleadh o'n t-sealg ?"

O! Mhorfhuilt an tìr chein,
 C'aite an eirich do shleagh ?
 Cha chluinn thu guth mo bhrathar fein, 400
 Cur fàilt ort tille le d' chliu.
 Ach uair eiginn thig an laoch,
 A's togaidh e 'n uaigh da rùn.
 Tharuing mi 'n t-saighead o'n chreuchd—
 'S a h-uchd mìn-gheal air a lot ! 405
 A's shil mo dheoir le braona fola
 Na h-ighin, 's a suilean a plaosga.
 'N uair chun i lamh Mhorfhuilt na fuil,
 Scread i mar thannasg, a's theich
 A taibhse air nealai na gealaich. 410
 Ceithir chlocha le 'n còinich lia,
 'Thogadh sud mu uaigh an laoich.

MORDUBH.

Ga chòir sin an suain na tamh,
Tha 'n rìghinn bu ghile taobh.

Sileadh oighean deura bròin ; 415

A's seinnidh euna gu tiamhai,

Mu dhoire nan neala dorcha.

Rè ra h-oiche ag eisdeachd na gaoith,

Bha neoil dhubh dol tharum luath ;

A's clann an adhar, gu d' theich 420

Le mòr gheilt, toirt dhomhsa fuath !

Tha Ceannard Dhunairm na aonar,

Ri bròn, 's a sileadh dheur ;

Air uairibh thig e gan còir ;

A's cluinnear a leoin air a ghaoith. 425

Cha tog esan a shleagh ni 's mò,

Ach coinnichidh à namh mo shleagh.

Thuit Mac Dhunairm le m' laimh—

Thuit Mìnbhas fo dhaille na gealaich.

An ré na gealaiche nuadh, 430

Theid mi an carraibh an t-sluaigh.

Cha 'n eil mùirn an talla Dhunairm,

MORDUBH.

- Theid mi, a rìgh ; ach ni 'm pill ;
 Siubhlaidh mi mar ghruaim nan speur,
 A sheideas gu cruaidh air an raon, 435
 'N tra sheargas na luibhean maoth,
 Le anail fuar na hei-reo.
 Luidh an damh aig steigh na carruige ;
 'S tha eunlai luath gun cheol.
 Tha' n darach gun duille uaine. 440
 Tha cirb na doire a cratha ;
 A's sian an adhar ga ghluasad.
 Theid an duine ga theach,
 O fhearg na doiniñ fhuair ;
 Ach seallaidh athair na soillse 445
 Air na raoin, 's iad brònach.
 Dearsaidh a chiabha le maise ;
 A's fògraidh se nàmhaid nan luibh.
 Crathaidh na cnuic an gruaim air falbh,
 'S ni fàilte ris a dol seach. 450

Suidhibh sibhse so gu là,
 A Cheann-feona nan slogh;

MORDUBH.

A's tuitidh mise am aonar,
 A measg ur naimhdean is geur colg ;
 Nach abrar, "Nach toir sibh buaidh, 455
 Cheann gu bheil mi fhein na'r measg."

"'S muladach do sgeul ra luadh,
 A Mhorfhuilt," se thuirt an Rìgh,
 "Ach ni 'n tuit thu ad' aonar sa chath,
 'S clann Alba an so nan suain. 460

Mar dhealan thu an am na strì,
 Ach coigil do chairdean a Mhorfhuilt,
 Tuitidh fadheire an treun,
 Treigidh samhra an àidh,
 'S thig gearra le ghruaim gun bhàidh. 465

Bha Minbhas am maduìn a h-oige,
 Mar dheò greine am barraibh again ;
 'S co dheanadh còrag na fheirg,
 Ri mac Dhunairm a bha garg ?
 Cha do luidh e gun a chliu, 470
 Anns a chria'-thigh chumhain chaoil.
 Gu b' iomràiteach a ghaisge, 's an dàn,

Sheinn na bàird gu blasda binn.

Ach tha sleagh t-athair, a Mhorfhuilt,

Fo smal an ad' lamh sa 'n uair ;

475

Cha tog thu e 'n aghaidh ar namh—

Cha bhi fuil t-athrach air do chruaidh."

'S e sleagh Cheannaird Dhuinairm,

A tha dearg le fuil a namh.

Cha togar ma lann sa chath,

480

Tha e *sìnte la' ri m' ghradh.

Bu ladair an lamh a liomh

An t-sleagh so a th' agam fhein ;

Ach tha e coimhead an taibhse,

A threig uaith air raon na nial.

485

'S an toir a naimhde buaidh,

Air athair-an lài a shean aois ?

* The ancient custom of laying the implements of war, and of the chase, in the grave with the fallen hero, has been observed here by Moralt. Abandoned to despair, he probably regarded his spear as of no further use to him ; and, as the only proof he could give of his affection for the deceased, who so unfortunately fell by his hand, he laid it in her grave. Dunarm, being weak through age, gave him his own spear, and made him his adopted son.—ED.

MORDUBH.

- Cha toir—'s e na chiabha lia,
 O rìgh, 'n tra thogamsa shleagh.
- A's tog e a laoiach le buaidh, 490
 Arsa Ceannard bu mhor cliu,
 Ach, eisd ri truaighean is mò.
 Bha mo thuire sa faram,
 Airson Ainnir a chaidh aog ;
 Ach ni'n toir acuinn, na bròn, 495
 Air ais dhuinn an dream tha fo'n fhoid.
 Bu mhaiseach air sliabh Culāluinn,
 Ainnir nan lamh geal caoin ;
 Dubh mar fhitheach bha a folt,
 'S bha brolach mar eal air snamh. 500
 Thigeadh smal air dearsa gach oigh,
 An lathair ighin Shonmhoir nan rath.
 Gu b' āluinn mathar mo chlainne !
 A bha fonnar an talla na ceol.
 Thainig nighean Aonair nan Sleagh, 505
 Da'n robh mo rùn an tùs m' oige ;
 'S ghabh a suil bu mhor goin,

Culāluin, a maise mna.

Na h-aonar fhuair i mo rūn,

A's labhair i ria am foill; 510

Nach ionmhuin siubhal' an lō,

'S cubhrai Chuilāluin am beithsa.

Tha fir na seilg air beanntai cian;

Thràigh a mhuir fada nunn,

Fagail a carruige sa ghaoith bhlā. 515

A nighean Shainmhoir nam bas mīn,

Rachamid siar gun dàil.

Chaidh iad tre choille nan crann,

'S fo charruig àrd mu'n iadh an cuan,

Chaidil Culāluin bu ghile snuadh. 520

Cheangail a ghuinead mhua

A folt ambulach grinn,

Na dhuala ri feamain nan tonn;

A's thill i uaipe, cridhe bā!

Le h-aidhear mu gnìomh nach àdh. 525

Thain an fhairge tonn air thonn,

A's dhuisc Culāluin a suain,

A's b' ioghna lea ceangal a gruaige.

MORDUBH.

O fuasgal mo leadan, a ghraidh !
 Nach truagh leat fhein mi, òigh ! 530
 C' uime bhui tu rium co bā,
 'S mo mhacain aill am dheigh !
 Fhreagair mac talla nan crag,
 Ach bha nighean Aonair uaithe cian.
 Thainig tonn baiteach thar sgeir, 535
 'S na dheigh cha chualas a h-eigh.
 D'fhagadh i na codaibh eun,
 'N tra threig a bhuiinne an sgeir ;
 Tri trathan dhith bhi mar neul,
 Air aigeal na mara ud shios. 540

Ach ni'n tearmun dhuit guth bràth,
 A Ghuinead, do bhrathair baoth.
 Thuit an laoch le 'm gheur lann,
 Ged' dhion e mi aon uair sa chath.
 La' ris ann an suram suain, 545
 Luidh thusa a b' uabhraiche gnìomh ;
 Is minic an aisling na h-oiche,
 Thig do thaibhse le droch fhiamh.

Ach Chuil-àill an fhuilt duibh,
Is ionmhuin lean thusa am shuain ! 550

Thig thu gun chith, gun cholg,
'S cha sheun fear cuairt dò chònuì,
'N tra dh' eireas gealach gun smal.
Is minic a chluinnear do ghuth,
Roi' thighin na doineana ghairbh ; 555

Cluinnidh maraiche an eigh,
A's gabhaidh tamh fo sgeith na creig ;
A coimhead nan tonna gun bheud,
Is caomh leis eigh nan boghanna,
Ged' eireadh iad ard san duibhre ! 560

Ambuil a thuit mo chaomh, a Mhorfhuilt,
A's dh' eirich mo shleagh le buaidh ;
Cha mhaireann aon ghradh air thalamh,
A's leagar mor ghaisgeach san uaigh.

Dh' airis Ceannard sgeula bhròin, 565
'S am feachd bha tosdach trom !
Bhrùcadh osna an cleibh,
'N tra dh' ailis e sgeula na truaighe.

MORDUBH.

'S an doire dhailleach bha thamh,
 Cha d' ghluais an osag am fraoch mìn ; 570
 Cha do shiubhail na neoil thar bheinn,
 'S ni 'n robh sian an ciabh nan crag ;
 Bha gach luidh a's lus an sìth,
 A's luidh a ghaoth a sios gu grad.
 Ciod tha dearsa san ear, 575
 Faoin chruth le faite gaire ?
 Tha ghealach na codal gu seamh,
 'S ni bheil a ghrian a tighin air faire.
 'S i oighe an uchd chreuchdaich a th' ann,
 Le mìle solas tighin na deann. 580
 Mìnbhas gu Mhorfholt an tìr chean,
 A tha giulan sgeith a h-athair.
 Ni bheil a h-imeachd am feirg,
 Is caomh i air an leirg gu h-ard.
 Cuir fuadach fo smalan na h-oiche, 585
 Tha *reul na maidne na dearna ;

* Moidearg—mhaduìn.

MORDUBH.

A tighin mar dhearsa a mhoch thrà,
 'Toirt fios duinn mu eiridh na greine.
 C' uime tha t'-imeachd co luath,
 Ainnir shuairce 's gile gnuis? 590
 Ach d'fhag thu mhaduin og a d' àite,
 Is caomh leth-dhealrach do chruth;
 Thar bhadan ceathaich na leirge,
 A ghabh as fuadach roimh eiridh na greine.

An Treas Farran.

Bha brise na fàire 's an ear, 595
 'S theich duibhre air sgiathan luathais.
 Dh' imich na reultan fad as;
 'S bha ghrian a togail a cinn àidh,
 'N tra thog am bard a ghuth.

Chuir Sunar, Ceann-feona nan laoch, 600
 Tha treun mar charruig nan tonn,
 Mar chnoc air thir mor nach gluaisear,

MORDUBH.

- Mise thugaibh, shiol nam beann.
 Tha fhirein air sgiatha ro threun ;
 'S tha sheobhaig ma cheum gu luath ; 605
 Bha fhithich ma loma long !
 Air imeachd nan cuante mōr.
 An tabhair ceannard na tìr
 A shuinn dhoibh mar chlosnaich ?
 Na 'n tuit e sios do'n ghaisgeach, 610
 Ag tabhairt feidh a shleibhte ard ?
 Uaibhse, theich o'n chath,
 Tha Siol Lochluinn nan sleagh geur,
 Ag iarruidh freagra gu grad.
 'S ard guth Shunar gun og, 615
 Thil i dhan nan ciabha lia :
 Tha bhriathra labhar neo mheòt',
 A cheann a naimhde a bhi gann.
 Ach, suidh thusa air an fhraoch,
 A mhacain nam fonn is binn ; 620
 A's theid an t-slige mu'n cuairt ;
 Cha 'n eil ar fuath air clanna nam fonn.

A's pill a rìs, gu foill,
 Gu Rìgh Lochluinn, a ghlòir nach àdh;
 Innis dha gu bheil eunlai an t-sliabh, 625
 Air sgiath an dèis an cobhartaich fein.
 Thigeadh e le mhilte slògh.
 Tha neart n'ar cridhe nach eil meat'.

Chual am bard briathran an Rìgh,
 A's d'fhalbh e an ardan a chridh: 630
 Bha airis nan taibhse na chuairt,
 O'n chun e 'n sluagh a thuit.*
 Mar thig doinean o thuath,
 Le gaoth luath a's niala fiuch,
 A tuirling o ghruaidhean nam bean, 635
 Nuas air aonaich, ghlinn, a's shlochd—
 Mar sin thainig Sunar le shuin.

* The bard, leaving the adverse host, reflected on the high spirit of either army, and inferred the effects that would naturally ensue. Being inspired with such thoughts, he looked forward with a prophetic eye, and pronounced the fall of the people. Hence often the ground of belief in the second sight.—Eh.

MORDUBH.

Bha 'n sgiatha mar niala na h-oiche—
 Bha 'n aghaidh mar reulta ag lasa,
 'S na plathanaibh duibhreach, nialach. 640

Chaidh neart na h-Alba air adhart,
 Mar ghaillbheann thonn le gàir,
 Tha g' imeachd an neart nan sian,
 Tha gluasad o chian gu h-àrd.
 Cluinnidh a maraiche an toirm, 645
 'S le fiamh theid e na dhàil,
 O nach urr' e nis a sheachna,
 Tha g' iomairt air aghaidh na bhàrc.

Cia mar dh'airiseam fein
 Gniomha euchd 'ur n-arm ?, 650
 A shealgair choire nan stùc,
 Chunna do shuil Mor-chreag—
 A tha togail a chinn gu h-àrd,
 'S a gabhail nan nial na chiabh.
 O mhulach tha tuirleum a nuas, 655
 Le tailmrich o ghruaidh na craig,
 Struth ladair, tha siubhal gu luath,

MORDBHIL.

Gu cuan, o aonach a's ghleann,
 'S a tuasaid ri buinne na fairge ;
 Ach bu ghairge, a shealgair, an troid. 660

Mar lūbas a chuisseag fhann,
 Fo dhoinean na h-ābheis fhuair,
 'N uair bhios buaireas thaibhse dian,
 'S na siantain uile fo ghruaim.

Lūb Siol Lochluinn gu luath 665

Roimh Rìgh Alba nan sluagh ār.

Chunna Sunar e tighin—

A's chrath e tri uairean a shleagh.

Ach crathaidh tu e gu faoin,

A mhic Lochluinn a ghuth aird. 670

Mar charruig roi' dhoinean ghairbh,

Tha Ceannfeona na h-Alba an tras.

Am buinne tha neartar, mear,

Teichidh roimh aghaidh gun chli.

Ach an do theich mise riamh, 675

'S e labhair Rìgh Lochluinn nan cliar.

Mar dhoinean an athar mo laimh,

Cha seas na beanntai fein le'n coill,
 'S le'n stacaibh cragach, am lathair.
 Air an fhairge thug mi buaidh, 680
 'N uair le feirge sgaoil an cuan,
 Mu fhearán, a's fhonn, ag eigheach,
 Is leam gach rutha, a's sgeir bheucach.
 Ach 's faoin a labhair thu, chuain,
 Bhuirb nan stua'-ghlas baoth? 685
 Nach d' thug mi fein ort buaidh?
 'S an seas Ceannard an t-sluaigh so rim' thaobh?
 Sin samhuil do bhriathraibh nan laoch.
 Ach, chrithich an talamh mu'n cuairt,
 'N tra thog iad an sleaghan ard; 690
 Thuit craobhan le m' freumhach buaint,
 'S chrith creagan fo chosan nan treun;
 A's leum iad o'n leabai thaimh.
 'S iomad cruaidh a bha e truaill,
 A's saighead a siubhal a h-iubhar. 695
 Bha seoid ag amharc an strì,
 'S dā rìgh a gleac gu borb.
 Thuit sgiath Shunair gu lár,
 'S thar a's moigh thuig le fiamh;
 D

Thog Mordubh a shleagh gu h-ard, 700
 Ach chun e uchd a namh gun sgiath.
 Bha smaointe air gnìomha euchd,
 A's ghleidh e laimh air ais.

Bha Morfholt air aghaidh 's a chath—
 Leis thuit laoch air gach buille. 705
 Sheas Ceanfeona o thuath an cein ;
 Bha airde mar chraoibh fo blà.
 Dh'aom clann Alba air an ais,
 O sgeith ladair mar stuagh o charruig,
 Amhuil darag aosda nan àrd, 710
 'S na siantai ri coi'strì dhian.

Ach togaidh tusa do cheann treun,
 Tha maiseach, gun bheud o'n stoirm :
 Mu d' thimchioll tha dìon gach uair ;
 'S thig an sealgair o'n fhuachd a d' dhlù-as, 715
 A's gheibh e dìon o'n iunrais fhuair :
 Mar sin tha sgiath an laoch da shluagh.
 Thog Morfholt a shleagh treun,
 A's ghabh e 'n cò'ail a ghaigich,
 'S bu ghàbhaidh còrag nam fear borb. 720
 Fhreagair mac-talla nan crag

MORDUBH.

Do fhuaim an lanna geur glas—
 Chuir iad coill a's fraoch a bun,
 Le 'n casaibh air uillinn an t-sleibh—
 A's chrithich clanna nan crion, 725
 Ag coimhead an gnìomh 's an colg.
 Is mor a ghreis a thug na seoid,
 'S na sloigh a coimhead an euchd ;
 Ach chlaon iad araon air an fhraoch,
 'S fuil chraobhach a ruith o'n creuchdaibh. 730

Sin labhair Morfholt na mor ghnìomh,
 Cha'n eirich mo shleagh ni 's mò ;
 'S cha ruisgear mo chruaidh 's a chath.
 Tha aon bhrathair agam fòs,
 Mas' a beo e, Solbha treun, 735
 Sealgair an fheidh air Bunar :
 Ma thuiteas tu leis gheibh thu cliu—
 Air cha tnu an t-òg gun mheang.

An do thog mi mo lamh 's mo lann,
 A Mhorfhuilt, a t-aghaidh, mo bhrathair? 740
 A sheol an tùs dhomh cleasa lugh ;
 Ach, ni 'n togamsa 'n t-sleagh ni 's mò.

Fàram lamh mo bhrathair caoimh,
 'S gu càiream an so e ri m' thaobh.
 Theid sinn le cheile air chuairt, 745
 Gu teach ar n' athraiche thug buaidh ;
 Biodh ar leabai 's an nial,
 An ionada sian nan taibhse.

Chual an sluagh balbh a ghloir,
 'S bu mhòr am bròn airson an laoich. 750
 Theich Siol Lochluinn g' an cabhlach,
 A's shil deoir Mhordhuibh gu tric ;
 Thill e air ais a shuinn—
 Thog iad leac-lighe gu h-ard,
 A's sheinn am bard cliu nan seoid. 755
 Tha darag aosda na chòir,
 'S na mheuraibh mòr tha sranna ghaoth—
 Tha dealan an adhar mu'n cuairt,
 'S cha tig fear turais na dhàil—
 Seunaidh e 'n t-iul nach àdh, 760
 An aimsir nan reulta cian—
 Tha dà thaibhse mu'r cuairt an còmhnai,
 Le acuin bhròn tha siubhal air siantai.

 COLLATH.

COLLATH.*—SEAN DAN.

THA acuin am aisling neo-chaoin !
 An codal do laogh, athair ?
 Is eagal leamsa doinean chraidh ;
 Tha toirm gun àdh air na flatthaibh.

* Fonar, the Author of this Poem, belonged to the illustrious and once powerful family of Collath. He accompanied his young friend, in his last expedition, to rescue Annir, the betrothed bride of Og-lach, and only child of Rutha, whom Ardan, a chief of a distant isle, carried off in the absence of her friends. Her exquisite beauty gained her many admirers. She preferred the Son of Collath. By their marriage, the two most powerful families of Caledonia would be united. But these hopes were blasted in the bud! The Poem opens with a vision of Collath, and concludes with a lament of the fall of the race of Collath, chief of Carrig. It is partly dramatic.

Ciod e, Chollaith, fà t-acuin ? 5
 Arsa Aosar a ghuth bhinn.

Chunnas, deir esan, slige gu h-òl,
 Do fhuil namh o dhorta lann.
 B' uamhann do m' anam an gnìomh !
 Ciod e bhrìgh, a shiol nan rann ? 10

Ach 's faoin so aisling na suain !
 Is faoin neo-bhuan ga ch nì.
 Tuitidh an gaisgeach treun na threis,
 A's aillde gach cruth gu crion.
 Mar shruthas blà na coill— 15
 Mar thig neul dailreach air a ghrein—
 Is amhuil sin beatha nam beo !
 Cha choigil 's cha chhaomhain sinn seud.
 Ach, an comhuidh dhomhs' am thamh ?
 A mhic Chollaith, mo ghrèth, ca bheil thu ? 20
 ona mhic mo cheile chaoimh !
 A d' aonar am bheil thu air lear ?
 Far an lann ud air an calachan,
 Mac samhailt do dhealan nan cath.

COLLATH.

Thog Oglaoch an lann so gach liomh— 25

Lann m' athraiche an gnìomha nan rath.

Is ioma cath a's còrag cruaidh

Is cuimhne leam a bhi le buaidh.

Fhreagair an sin Aosar nan dàn,

A churai, a Chollath nam buadh, 30

Is cuimhne—na bitheadh t-intin fo phramh—

Bha Oglaoch mar athraiche treun,

Curai treubhach e 's a chath,

A mosgladh air faiche nan cruaidh.

'S e bheireadh buaidh thar mhìle flath. 35

A 's aosda lag mi nis fo bhròn,

Thuirt Collath, 's a dheoir a ruith!

Tha tuite dol tharunn gu dlu,

A c' aite am bheil m' annsachd fein an diugh.

Gu b' ionmhuin thu Oglaoich threin, 40

Mo leanabh fein a b' aille cruth!

Bha thu fann roimh imeachd do namh,

S an triall mar thoran thar Mealldubh;

A's thig an la gun teach, gun uigh,

COLLATH.

Gun talla, gun fhlathaibh, gun cheol, 45
 'S am bi Siol Armuinn fo sprochd,
 Mar fhaileas ruiteach tre'n neoil.
 Ach 's diomhain mo thuire gu leir !
 Ciod so 'm fà mu bheil mo chrì
 Fo bhruaillean le aisling chruaidh ? 50
 A bualladh. gu critheach, gun fhois,
 Mar dhuilleach roi dhoinean 's na cluanaibh.

Fhreagair mi fhein gu seamh;
 A's tioma bhròin ga 'm chlaoi !

“ Am fanamsa so am thamh, 55
 Thuirt Oglaoch, 's mo ghradh am dhì ?
 Cha chaill mi, ars' esan, mo chliu,
 Ann am maduin chaoimh na h-oige.
 B' eug-samhuil na h-armuinn threuna,
 M' athraiche feile, gun ghiomh. 60
 'S ni 'm fanamsa so gun àdh,
 Mar gheug gun duille gun bhlà.
 Bheir mi buaidh air ardan fein,
 Neo theid mi eug, 's e chual

COLLATH.

- Mi, a's tartar a cheum 65
 A ruitheach g h-eutrom mo chluas.
 Tha cruth caoin mar dheò greine,
 'S deirge beul no bilibh ròis ;
 Tha h-anail ni's cubhrai no'n subh,
 'S a guth inneal ceol, 70
 'S i saille dealbh do'n t-sluagh,
 Bheireamsa buaidh da trìd !
 Aiteal sùil is glaine snuadh,
 Ainnir shuairce 's ighean rìgh.
 Mar torchair mi 'n oigh lem' lann, 75
 Ni mi codhail ri thall.
 Mo chridhe tha 'g eiridh neo throm,
 A leimnich le aiteas am chom !
 O thaibhse nan treun fhear, a threig,
 C' ait an comhnuidh dhuibh o'n eug? 80
 An comhnuidh d' ur n' anma an àdh,
 Gun cheo, na lanna, no blār ?
 Gach iuran le oigh gun smal,
 Neo-ionan a's sinne a' gal.''
 Thog e ri crannaibh na seoil, 85

COLLATH.

- A's dhomblaich uime a shluaigh ;
 Bi coi'strì ghailbheach nan tonn,
 Bha fonn a ghaoil ann a bheul.
 Cha mheatha, am feasd, a chrì,
 A's Ainnir da dhì 's an iul ; 90
 'S an oiche fhearunach gu lò,
 Ag udal cuain an aghaidh shian,
 " Fagamid acuin a's bròn,"
 Thuirt Oglaoch, " gu clanna nan crion.
 Taosgar gach boinne do m' fhuil, 95
 Mu'n leigar leo an oigh."
 Dh' eirich leinne cairdean treun,
 'Thar lear a thorchar cliu—
 Dh' eirich leinn Eilean nan laoch—
 Dh' eirich leinn Fraoch a's a shluagh. 100
 A chaitheadh ar slighe 's a chuan,
 Ghabh sinn an sin duan mu seach ;
 Sin sheinn duinn fili nam fonn,
 'S a ghuth bha ard thar tuinn a's lear.
 Biodh anam àidh ag taomadh, 105
 Mar Chaothann ann an nualan ciuil ;

COLLATH.

Is eibhinn le m' chluas an torraghan trom !
 Mar chabhlach nan caomh fa shiuil.
 Is ion' le m' chrì an aiteas ard
 Tha 'g eiridh àdhor a steach ! 110
 Mar chlaraibh an talla nam fonn,
 Mar chuilin nan sonn nach meat,
 Mar Fhlathinnis mhìle bard,
 Biodh smaointe graidh a chrì !
 Ionmhuin gach sile, gach braon, 115
 Ionmhuin maraon a's Beulbì,
 Caoin chruth geal nan ioma dual,
 O shiol na cathraiche nuadh,
 Càir gheal a chamhair a cneas,
 'S a leaca mìn mar na ròis ; 120
 Amhuil i 's an t-sobhrach bhàn,
 Reul nan ioma b' aille snuadh ;
 Bha i mar aiteal na greine,
 'S a mhaduin ag eiridh gun ghruaim.
 Ach tuitidh fathasd luibh an raoin ; 125
 Seargaidh a caoin chruth 's a dreach ;
 "Sruthaidh a blàthan gun bhuain,"
 'S e deir Mac Nuath is geire beachd.

COLLATH.

Thug i ceisd, a's ann a ghaol trom
 Do Shonn òg chaidh thar lear ; 130
 A's dh'èirich doinean nan lann
 Mu oigh chaoin gheal nan clearc.
 Tha aigne laoich mar aiteal spur,
 No lasair dhein air aonach ard ;
 Co thraoghas a bhuirbe ghàir ? 135

A chlanna fial nan armunn fiui,
 Eiribh gu duthaich fad as,
 Gu taomadh oirn mar dhoinean ghairbh,
 Ni h-aoibhinn an fheirg a tha las.
 Ach mairidh cliu nan saoi gach ial, 140
 A ghleacas ri truaighean gun mheath.
 A laochrai nan sleagh liomha geur,
 Togadh oirbh, mear, leumnach, garg,
 Mor, uaibhreach, borb,
 Le uamlhann cith agus colg ! 145
 Theid gathaibh leoin tre 'n cridhe ;
 (Is aoibhinn fulang nan treun !)
 Buirbe nan gaisgeach 's an strì,
 Coigil a d' chleibh a's a d' shuain.

COLLATH.

- Lamh nan treun gu cath biodh leat, 150
 'S an àrach fo lamh gu sguab.
 'N tra thraoghas gailbheinn na h-àbheis,
 Mar an t-aurach claoite sgìth ;
 Seallai gnuis an iunrais caoin,
 Ambuil laoich 'n tra thilleas sìth. 155
 Ach esan a thuiteas le buaidh,
 Tha e faighinn caochla nuadh ;
 A mhealtuin ionmhas nan saoi,
 Nach ionmhuin a chaoi, a chomhnuidh !
- Thainig tioma air mo chrì, 160
 Ri cuimhne na chunna mi fhein !
 Gu'alla chatha nach bu tìm,
 Flathaibh fuileach bha ri m' linn.
 Nach eil a h-aon diu am shean aois ?
 Nach b' eibhinn a bhi leo seach leinn ? 165
 Chunnas sonn mor nam buadh,
 Curai uaibhreach nan gnìomh garg ;
 Lubadh na cathaibh fo lainn,
 'N uair a mhosgladh e am feirg.

COLLATH.

'S e aigne an laoich a bha ard— 170
 Bha bhoile mar chaoiribh chruach.
 Cha robh e riamh ann an sìth,
 'N uair ruisgeadh na lannan sà'n strì;
 Bha imeachd mar thoran tre ghleann,
 Mar dhealàn an adhar bha dheann. 175
 Ach threig an gaisgeach o chian,
 Carruig chatha a chridhe fhial;
 'S chaidh mar aon ris ioma còlan,
 Cha ne mo shòlas 's a bhi co buan.
 Ach teirigidh sinn uile fa dheoi, 180
 A's chi an lò sinn smal san uaigh.

Ach mairidh gu suthain 's an dān,
 Gniomha allui aidh nan saoi;
 'N uair chrionas a cholluin gu smūr,
 Mar an ùir an còdach cria; 185

Fonar, who was a warrior as well as bard, rebites past events, in which he, together with the aged chief, whose mind is soothed with a recital of the deeds of former days, acted a part: and his own state frequently and naturally occurs to him.

COLLATH.

Mar dheathach tra nōin air an t-sliabh,
 Triallaidh an deo ag imeachd uainn,
 Far nach teirig grian, no gradh—
 Far a mairean àdh nan sonn.

Ach, Oglaoich, is deacair trom, 190
 Sean aois a chromas an t-ard,
 A chaochaileas cruth nam flath,
 'S a dhallas fradharc chail nam bard.
 Cia mar sheinneas mi dhuit ceol,
 A laoich oig, am chiabha lia? 195
 'S e labhair mi fein ris an t-saoi,
 Ceannard òg nam mile cliar.

Chunnas reul bu dealrach dreach,
 A soillse tre dhuibhre na h-oiche ;
 A's shoillsich a ghealeach a rīs, 200
 'S na neoil ag imeachd gu luath.
 “ Mar aiteal nan reul ud gu h-ard,
 Tha maise Ainnir,” ars' an laoch,
 “ A lionadh m' anam do ghradh ;
 Ged' tha thusa balbh ad' dheoir! 205

Com is meuchaire, mhìne, ghìle,
 Taomadh gaoil mar dhearsa na h-oiche!
 A lionadh anam do shòlais,
 Is binn guth no fuaim nan clàr,
 Is aile dreach no cruth cubhrai, 210
 An noinean bhàn fo dhealt nan speur.
 Is anmhor an t-aiteas so am chliabh!
 Ciod so an sòlas diamhair,
 A tha ga'm lionadh gun fhoghna?
 Tha m' aigne ag leumnaich a ghna, 215
 Le buaidh a's mor ghradh na h-oighe.
 Air an t-sleagh so ann am laimh,
 Tillidh sinn o'n àr le buaidh!
 Tillidh, no tuitidh le cliu,
 Air son an rùin tha uainn. 220
 Tillidh mar aon a gaol
 Ro chaoin, marri caochla cath.
 Tha m' aigne ag leumnaich gu còrag,
 Is ionmhuin le oighean mac rath.

Airis dhuinn fhìli nan dān, 225
 Thuirt mi fhein am briathraibh ciuin,

COLLATH.

Mar bha oigh na h-iomair bhaigh,
 Rè a la an reul iuil.
 *Beulbi, sōlus mhile crì,
 Maise mna a bhili bhī ; 230
 Ighean ghaoil bu bhlasda ceol,
 A folt mar fhitheach, dubh mar smeoir.
 Bha maise a's gradh le cheil na sealla,
 A mala crom mar ite 'n loin ;
 A com seamh, finealta, fuasgailte, 235
 Cha lubadh a ceum am feoirnean.
 Bu chruth ionmholt an righin ;
 Ach ciod am fā mu'n robh ag radh ?
 Gach aona bhuaidh do bhi air fine,
 Bha sud air dunach nan laoch, 240
 A thuit mar ghallan nan gleann,
 Mar sgathar euran nan crann.

* The history of Belvi is introduced here with great propriety. The injured are apt to think their own case without a parallel, and the burden of the afflicted becomes lighter, when they are assured that others suffer the like, or greater hardships.

Ach d'fhailnich mor mhaise a ghaoil,
 Chaochail cruth aille gu h-aog !
 'N uair bhuail lann Chonnlaoidh uchd Dhonna-
 ghail, 245
 'S a ruith fhuil na thonna blā !
 Chlaon e air uilinn en t-armunn,
 An gath nimhe chaidh tre airne ;
 Gath geur guineach nan tri cholg,
 Os ceann imleig shàith na bholg. 250
 Bha tosga tiugha nam beum luatha,
 A reubadh feoil, a's cnai ga'm bruasgadh.
 Gach lann, mar dhealan an adhar,
 Mar fhalasg air sliabh na lasair,
 Dh'aom na flathaibh fa mhaoim. 255
 Bu dearg gach sruthan san raon.
 Thuit e mu throma ghraidh na h-oighe !
 Mar chobhar sruth bha fhuil a dorta,
 'S a ruith—'s e fuil a chridhe bh' ann,
 A brùcadh tre chreuchdan nan lann. 260
 Uaith sin, chluinte caoiran na h-oigh,
 Och, mo dhorain, agus m' acuin !

COLLATH.

Nach deachaidh mi eug o chian,
 Mu'n d'fhuair aon fhleasgach mo ghaol !
 Thuit mo roghain, thuit mo rùn, 265
 Ach ma thuit e, fhuair e chliu.
 Óch ! nach robh sinn, ruin ghil còla,
 Fo'n fhoid ghuirm a gabhail comhnaidh !
 Theireadh iad, an sin an tamh,
 Tha Og-fhlath nam buadh, 's a ghradh, 270
 An ceangal buan, an glais a bhāis.
 Thuit iad mar luibhean an raoin,
 Le'n uile bhlā, 's a mhaduin chubhrai,
 'S an dealt a soillse le dearsa na greine.

Mar sin, thàr sinn chuige gu seamh ; 275
 Bha ar caoimh tighin san duibhre ;
 Thamh sinn car ghreis air an loirg,
 Gu brise faire na maidne.
 Bha'n cuan siar mar lainnre,
 Le soillse àbhor o'n ear ; 280
 A's dealt nan speur air gach blā,
 Gu faoineul tlā mar an lear.

COLLATH.

Chaidh sinn far n' arma gu leir ;
 'S chaidh mosgladh fa eilean nan stuagh.
 “ Rachadh, thuirte Oglaoch, ard, mear, 285
 Romhain anis teachdair luath.”
 Chuir sinn romhain Lughor òg,
 Le fios gu Ardan, gun àdh !
 “ E chur chugainn Ainnir na mais,
 'S gu'n tilleadh ar feachd ga'n cabhlach.” 290
 'S e thuirte Ardan a chridhe bhuirb,
 “ Sinn fein a thilleadh gu grad,
 Air neo gu sguabadh e gach saoi
 Gu lear, mar fhaileas ro'n ghaoith :
 Gu lubadh e Oglaoch fa lann, 295
 Mar mheanglan an doire nan crann.”
 Dhomhlaich an sin na sloigh
 Air an fhaiche gu h-ard,
 A's thàr sinn a suas nan codhail
 Gun fhiamh, ge h-ioma na laoich. 300

Bhuail na saoi air a cheile,
 A's chrith an leirg fo'n casaibh..

COLLATH.

- Thainig Ardan, mâr bhuinne borb.
 Ag iarruidh Oglaoich gu còrag,
 Esan sheas roimhe gu treun, 305
 Mar charruig roimh eiridh nan tonn.
 Bu chruaidh am buillean 's bu gharg,
 'S an cridhe leumnaich nan com.
 Mar thuiteas taosgadh a chuain,
 'S a dh'islicheas buirbe nan tonn, 310
 Roimh Oglaoch nam beuma nach clì,
 Bha Ardan a fannach 's an strì.
 " Am meanglan mi nis a lùbas
 Fo d' laimhse, churai gun àdh?
 C'uime nach leigeadh tu leam 315
 An oigh a thug thu thar tuinn?
 Ainnir nam meall shuile mìne,
 'S an domh fhein a thug i gradh!"
 " Cha leiginn leat an oigh chaoin,
 No le aon laoch a d' fheachd. 320
 Is cian a shiubhail mi 'n cuan,
 Is eileana stua'-ghlas sàil,
 'S cha 'n fhacas a samhla fo 'n ghrein,

COLLATH.

'S cha sgar o cheile sinn ach bàs.'
 Sin mar labhair na suinn, 325
 An cruai'-ghleachd 's am buinn ga 'n stailc.
 Bha aigne an armuinn nach bu chli
 Ag eiridh air bhoile 's an strì.
 Thug e iarruidh dheacair threun,¹
 A's shàth e chruaidh an cridhe Ardan. 330
 Thuirling na cathaibh gu domhail,
 'S bha Oglaoch am meadhon a namh.
 Thainig Fraoch nan sonn ga chomhna,
 'S bha aibhne fola dòl seach.
 Mar dhealan an adhar bha 'n lannaibh— 335
 An tartar mar thòran adhar,—
 Shìn a's shàr iad gu cheile,
 A's thuit na treun fhir sa bhlàr.
 Cha robh Ceanna-bheirt na dhidinn—
 Cha robh roinn gun reuba fuileach! 340
 Mar sin bha iomairt nan laoch,
 Gus an do theich na h-ioma.
 Thug sinn ar n'aghaidh gu lear ;
 A's thog sinn leinn Oglaoch creuchdach,

COLLATH.

- A's Fraoch, a's ioma fear treun, 345
 A chàradh fo lìc an cois na tragha :
 A's Ainnir a tharuing nan dàil,
 Fhuaradh ise h-urad siar,
 A cruth a caochla mar nèul !
 A's sleagh sàthaite na cliabh— 350
 A com caoin bu ghile snuadh,
 Air caochla le dìle fola !—
 A folt am lubach clearcach
 Na dhualaibh a folach a taobh—
 Bha h-acuin leoin, fadheoi, 355
 Mu Oglaoch caomh a graidh !
 Thog sinn dà lic le 'n còinich,
 A's sheinn am fili an cliu ;
 'S am fuigheal brònach a mhair,
 Thog sinn thar lear ar siuil ! 360

[] This description of the heroine is beautiful and affecting. On the fall of Ardan she was set at large, and sought her friends in the midst of danger; a spear pierced her side, they found her like a pale cloud, enquiring for the youth of her love with her latest breath !

COLLATH.

Bha sinn lài sgith air chuan,
 Air udal seach stuaghan ard,
 A seola gu muladach trom,
 As eagais an t-suinn a's a ghradh.

“A's d'fhag sibh mo laogh an cein,” 365
 Arsa Collath, 's a dheur a ruith.
 Bu gheal an cridhe bha na chom,
 'S bu chaoine no deo grein a chruth.
 Shaoileam, Oglaoich threìn,
 Gu biodh tu leam fhein an diugh, 370
 Mar neart dhomh am shean aois,
 A's feasgar mo lài orm dlù,
 Is gearr an rè a fhuair
 Thu, Ogain b' uaisle gnìomh!
 Bu mhor treoir do lamh 's do lainn : 375
 A's thuit thu, Oglaoch nach bu chli!
 Ach mairidh do chliu 'san dàn,
 A's triallaidh mise gun dàil a d' dheigh,
 Gu cilean nan flath san iar,
 'S mo ghrian a luidhe air lear. 380
 'S neo-aoibhinn a sealla an tràs—

COLLATH.

Fhil i dhàn nach eil i 'm bròn ?

Tha, thuirt Binn-ghuth gu caoin ;

Ach duisgidh i thall ud a ceol. *

'N uair threigeas i sinne car seal, 385

Cha bhì gal air saoi tha thall.

Ach F'honnar, airis do sgeul,

Arsa Collath fein, an sin.

“ Eilean mo ghaoil, 'se a t' ann,”

Arsa 'm Fìli, ar fear iul. 390

“ An t-eilean mu'n iadh an cuan ard,

A togail a chinn gu cùr !

Togail a chinn tre cheo-allui,

A's neul a folach gach stuagh.

Mo chean ort fein, ge d' is cian, 395

Càraid fhial bu mhor gradh !

Do Shiol Fhlathaibh nan ceud chath,

Thainig oirn' an là nach àdh !

Thuit na gaisgich, thuit na saoi.

* See Note, Mordubh, line 39, part 1,

COLLATH.

'S truagh an laoi a tha na 'r beul ! 400
 A caoidh sliochd Chollaith nan gradh ;
 A's *blā an Rutha a thuit uaith cian.
 O fhuinne gaoil a tha gun mhairg,
 'S e mo chreach ! an fhairg tha steach.
 Anns a cheitein ūrar, bhlā, 405
 Bhiod dreach is aille air gach slios.
 Is gorm badanach am fraoch,
 Am faighibh na saoi an suain ;
 'S gur deacair, diamhair, cluain an fheidh,
 'S am bithidh Collath treun, 's a shluagh. 410
 Bha 'n t-àm sin, arsa an Ceannard fein,
 Mar la grein ghil, cubhraí, caoin !
 Ach thainig feasgar an la sin ro luath,
 A's threig mo shluagh, mar ghathaibh na grein,
 'N uair thainig dui-neoil o na speur, 415
 'S a h-òr-fholt fein bha sgaoile gu h-ard,
 Sguaba gu h-am-lubach air falbh,

* Annir, daughter of Armin, Chief of Rutha, poetically called the bloom of beauty.

COLLATH.

'S cha robh a dealbh air cnoc no sliabh.
 Ach, a ghrian, thig la do bhroin,
 'N uair nach luidh thu le ceol 'san iar, 420
 'S nach eirich thu 's an ear le treoir,
 Ach mall mar mis', am chiabha lia."
 Bhiodh cneas Bhrai-shealla ri grein
 Shamhrai, fo gach feur a's cneamh ;
 An ealabhin, 's an noinean bhan, 425
 'S an t-sobhrach ann gleann fais an luibh ;
 Anns am faigheadh an leighe lia,
 Furtachd fiach do chreuchd a's leòn !
 Olla shiol nan sleaghan geur,
 Da'n conuidh o chein an t-sroin. 430
 'S truagh nach robh e san ār,
 'N uair thàr sinn gu traigh fad as !
 'S bheireadh e na saoi o'n bhās,
 'S bhiodh mid mar bu ghnās air lear.
 'S iomad iomart bha rim' linn, 435
 Cruai-bheumach air chint gach uair ;
 A's shileadh ar deoir mar fhras na speur,
 'N tra thuiteadh gaisgich nam buadh.

COLLATH.

'S ann mar sin, a Chollaith, bha sinn,
 Ri linn a threig a's nach pill, 440

'N uair thuit do chòlan treun,
 Ceannard Rutha, nach bu tiom.

Thuit an crann a b' ùrar fās,

A failleann mo graidh san fhonn ;

Mar mhaoin sleibh, no dealan beithir, 445

Leaga Ceannfeona nan catli.

An d'fhag e ach am meanglan og ?

Ainnir nach beo leinn an nochd !

'S ann od' fhreumhach fein a bha iad,

'S ni bheil a lathair diu mac rath. 450

Gairidh a chomhachag a creig,

A's freagraid guth airt neul a h-uaimh ;

Mar sin ar guileag bhroin ro lag,

A nis a tuireadh gu truagh.

Thàr sinn mar so leis an oiche, 455

Gu nighe gun chuilm, gun cheol ;

Luidh smal air gach fonn a's feur,

A's dhorchaich na reultain fo bhròn.

COLLATH.

'S faoin carruig Chollaith a nochd—
 Is faoin tha Innis fa sprochd! 460
 Leth dhoilleir ameasg nan nial,
 A's saoi nan rath air anra cian.
 Thainig *cū le bural brōin,
 Bha'n gaothar tiamhai truagh!
 Nach cianail a nis am Brūgh, 465
 A's Rutha nan stūc ann an gruaim!
 Gun laoch aig baile ni sealg,
 Gun chuilm, gun mhùirn, gun choin.
 Slan leibh a bheannaibh mo ghaoil,
 Anns am faighinn mang a's damh. 470
 Soraidh le Armuinn a threig,
 Ni h-eibhinn nan deigh ar seal.
 "Tha binneas, arsa Collath, a d' bhròn,
 'N tra dhuisgeas tu smaoin mu'r n-òige le gean."
 Beannuch leibh uile gu lò 475
 'San còdhail sinn thall o'n eug,

* The dog, of all animals the most sagacious and attached, mourns the absence or death of his master.

COLLATH.

'Far nach liomh gaisgeach a lann,
 'Far an dealrach oighe gun fheall,
 'S am biodh Oglaoch a's Ainnir
 Mar reultan soillseach nan speur— 480
 An anma ag lasadh le gaol,
 Mar dheo greine an aghaidh gun smat.
 Mar so biodh aisling mo shean aois,
 'N uair dh'eireas mo ghuth gu bròn bhinn!
 'S nach dìrich mi Creabh-bheinn an fheidh, 485
 Ach mall air laireach a ghliann.
 Beannuch a's ciad soraidh slan
 Le beanntai mo ghraidh 's mo rùin,
 O'n sgar an aois sinn san am,
 'S mi gun sleagh, gun lann, gun lugh, 490
 Biodh tuire na h-eala 'm bheul,
 A's i 'san leig an dèis a leon!
 Air a fagail faoin lea fein,
 'S e sud m' acuin, eigh mo bhròin!

D'fhaillig mo spionna 's mo threis, 495
 Chaochail mo mhothuch 's mo bhlas,

LAOIDH NAOMHAIN.

Ni bheil e ionmhuin na their,
 Tha m' intinn gun chàile, air meath,
 Tha m' eibhneas uile air falbh,
 Le blianaì calma na h-òige. 500
 Is cianail tuireach air traigh
 Sean aois, gun m' aiseag a nunn;
 'S mo thògra ga m' ghreasad gu luath,
 Gu Flath-innis mo mhiann gu brath.

LAOIDH NAOMHAIN.

'THAINIG marc shluagh nan each geal,
 Le'm falluine mailleach oirdhearc;

The Dān, Duan, and Laoidh, were originally the common titles given to Gaelic Poems. The last of which is now exclusively applied to spiritual hymns. The solemn procession described here seems to have been composed of monks, nuns, and some of the military

LAOIDH NAOMHAIN.

Na'n tri thrire chaidheas a steach ;
 Bu chiuin an trial le uirighil shaimh !
 Na'n deigh le torraghana troma,
 Dh' imich naonar bu mhall ceum ;
 A's seisear air chulaobh sin le laoidhean ;
 Seadh lua'ghàir ait gu iul nan speur.
 Bu bhinn torra ghleusach am fonn,
 Le cliu a's moladh oran beil ;
 Dh' iadh sōlas nan grās 's gach iul,
 'S tre'n duislin chit aiteal nan reul.
 Air an lorg sin thainig da sheachd,
 Do choiline geal mar ghathaibh grein ;
 Shruth mil-cheol o'm bilibh rōis ;
 Bha còlan ūr roimh gach mìnach.
 Ghluais math-shluagh caoin le fàit,
 An gradh a lasadh gu nuadh ;
 Am fradharc coimhead an lar,
 'S an cridhe air Aros nam buadh.
 Sin nochd a ghrian a ciuin ghnuis àidh,
 'S thar an abheis chaidh gach gruaim.

CUMHA.

CUMHA LE TE DA LEANNAN SITH.

SEISD.

Hobhan, hobhan, hiriag o,
 Hobhan, hobhan, hiriag o,
 Hobhan, hobhan, hiriag o,
 Chum thu 'n raoir o chodal mi.

Mo thriuir bhraithrean seachad thall ud,
 Air na h-eacha loma luath,

Tradition informs us that secret intercourse had been carried on for some time, between this ill-fated maid and her fairy lover; that they spent many sweet and rapturous hours in his invisible residence, which was in the midst of a beautiful green mound, environed by a delightful grotto. Being frequently questioned by her sister respecting her absence, and many curious things given her by the fairy, at length, she disclosed her secret to her in confidence. The faithless sister communicated all she knew to her brothers, who watched the time of admittance to the fairy mansion, entered and pierced the heart of the hapless youth with their dirks.

Mrs. Grant differs a little from this narrative—vide Superstitions of the Highlands.

CUMHA.

'S ceana beaga roi 'n cridhe,
 'S am fuil fein bhi sìleadh fuar.

Hobhan, &c.

A phiuthar ud, 's a phiuthar ud,
 'S ole a d'fhidir thu mo rùn!
 Och nan och! bu luath an sgeul,
 Air mo chul, no as mo bheul.

Hobhan, &c.

Och nan och! mo ghradh geal fein,
 'S bras a ruith an fhuil od' chrè!
 'S cruaidh am fā a bh' air do chul—
 'S truagh an diugh mi fhein ad' dhī.

Hobhan, &c.

Bha do chneas mar eal air lèig,
 A tha nis fo chaochla neoil;
 Do chruth fial mar aiteal speur;
 Bu mhilse na'n t-subh blas do bheoit.

Hobhan, &c.

CUMHA.

Thusa ghaoil bu chaoine cruth,
 D'fhag thu mise 'n diugh leam fhein!
 Cha 'neil piuthar, cha 'neil brathair,
 Cha 'neil agam caomh fo'n ghrein.
 Hobhan, &c.

Do chreuchdan ni mi ionlaid glan,
 Le frasan dheur o'n ghruaidhean sios;
 A's luidhe mi sìnte ri d' thaobh;
 Cha dealaich mi 's mo ghaol gu sior.
 Hobhan, &c.

Mìle mollachd air an tè
 Bheireadh rùn a crì do mhnaoi,
 A fada eud, no gradh na cliabh,
 Nach fìdrich i fein da claidh.
 Hobhan, &c.

Ach, thusa nach do cheil mo rùn,
 A's an triuir a lot mo ghradh,
 Mo shoraidh leibh a nis gu leir,
 Thig an t-eug mu'n tig am brath.
 Hobhan, &c.

ORAN GAOIL.

ORAN GAOIL.

SEISD.

Faill ill o ro, no faill ill o,
 Faill ill o ro, no faill ill o,
 Faill ill o-ro, no huill ill o ro,
 Air faill ill o ro, no faill ill o.

CHA 'n eil mo ghaol-sa air an oigh,
 Achh mar tha 'm pòitear air bhi 'g òl ;
 A chailin riomhach a rinn mo lionadh
 Le h-uile mì-ghean a's miann le òg.

Faill ill o ro, &c.

Cha 'n eil mo cheisd air a mheuchair mhàld ;
 Is deirge gruaidhan no caoran allt ;
 Ach mar tha 'n òige bhi triall le sòlas,
 'S a ghna bhi còla gu còra balbh.

Faill ill o ro, &c.

ORAN GAOIL.

Cna 'n eil do chneas gheal, Ainnir bhain,
 Ach mar an eala air an t-snamh,
 Ach mar an noinean tha bileach boidheach
 Fo dhrùic 'sna lointean is ùrar fàs.

Faill ill o ro, &c.

Cha 'n eil do bheul dearg is banail bì,
 Ach mar na ròsan le dealta fion ;
 Tha guth do chòrai, a's blas do phògan,
 Mar mhill a dorta, a teachd o d' chrì.

Faill ill o ro, &c.

Gur h-ann an iar dhiom tha mo rùn,
 Mar reul na maidne tha a gnuis ;
 Tha mise 'n iarguin gach la 'san fhiarus,
 A's m'aigne 'g iarraidh a bhi riut dlù.

Faill ill o ro, &c.

Tha cial a's ceudfai a dol le cheil—
 Tha tuigse a's leirsin, as cridhe fial ;
 A's mìle buaidh air an Ainnir stuaimè,
 Nach ion domh luadh, mar dean i òno riar.

Faill ill o rò, &c.

DUANAG.

CEATHRA RINNEADH GREIS AN DEIGH CHAICH, AN
EU-DHOCHAIS.

Tha mise gōrach le ceol a's gradh,
Mo chrī ga leonadh a dh' oich 's a lā ;
'Snach eirch buaidh leam mar luing air chuantain,
An saoghail a's cruaidh chùis gu dian am chràdh.

DUANAG.

CO-SHEIRM.

'S mo nighean donn a chuailean readh,
Gur tùrsach d'fhag thu mi o'n dē !
Mo nighean donn a chuailean readh,
Gur truagh nach robh sinn cōla.

GU suidhinn leat air Bruaich nan caor,
Sheinn orain ghraidh, a's cheilier ghaoil ;
Mo lamh mu d' mhuineal geal mar *fhaoil'
Air thona baoth ri grein ghil.

'S mo nighean donn, &c.

* Faoileag, faoilean—white gull.

Gur deirge bili bī na li-oigh,
 No corcair choill, no barr an rōis ;
 A cneas mar chanach, geal mar noin
 Fo dhealt, 's an smeor ag eigheach.
 'S mo nighean donn, &c.

Fo sgàil nan craobh, ri aird na grein,
 A luaidh, bu mhiann leam bhi leat fein ;
 Aig iomlaid sgeula rūin ar cleibh,
 'S gach diubhras crì da cheile.
 'S mo nighean donn, &c.



Mar bhlā na fearra dhris tha do ghruaidh,
 A chailin ghaoil is aille snuadh ;
 Mar shuil na seothaig, caoin gun ghruaim,
 Tha meall-shuil shuairc na h-eiteig.

DO NIGHEAN OG UASAL.



A NIGHEAN mhalda nan gruaidh aille,
Mheuchar d'fhàs mar rōsan.

A nighean, &c.

A ghnuis ro chaoin nan abhra caol,
Tha cneas na gaoil mar noinean.

A ghnuis, &c.

Tha aoibh a's seirc, tha muirn gun airc,
An giulan deas na h-oighe.

Tha aoibh, &c.

Le cridhe blā a rinn mo chradh!

'S mi gach aon là an tōir orr'.

Le cridhe, &c.

An saoghal na shuain, mu'n iadh an cuan,
Ge fad i uams am dhusga.

An saoghal, &c.

An codal faoin, le smaointe gaoil,
 Gach aon uair tighin as ūr orm,
 An codal, &c.

'Tha buaidh a's mais gu tric mu seach,
 Mu'n Ainnir ghasda ūr ghlain.
 'Tha buaidh, &c.

Mar thig a ghrian, an dreach, 's am fiabh,
 Air bharr nan sliabh 'n am dusgaidh.
 Mar thig, &c.

'Tha m' aigne trom, cha 'n eirich fonn,
 A's an eiteag dhonn is boidhiche.
 'Tha m' aigne, &c.

A tha mar bhlā 's a mhaduin thlā,
 'S an driūc air bharr gach ōgain.
 A tha, &c.

Nach taobh i rium, i fada nunn,
 'S a gaol am chlaoidh an cònuidh.
 Nach taobh, &c.

'S e meud a ghraidh a thug mi fein dith,
Dhruigh na chreuchdan leont' orm!

'S e meud, &c.

Ach mìle buaidh gu robh gach uair,

'S gach iul 's an gluais ri beo orra.

Ach mìle, &c.

'S i 's aille dealbh, gu dualach, clearcach,

Guamach, beachdin, foluint.

'S i 's aille, &c.

'S e sealla graidh a bheireadh slainte -

Dhomh o'n bhās, 's mi 'n dōrain.

'S e sealla, &c.

ORAN GAOIL.

ORAN GAOIL.

SEISD.

Hoireann o' ho, no hùg o eile,
 Hoireann o ho, no hùg o eile,
 Hi ri ri o, no hùg o eile,
 Mo chridhe trom, o se rinn mo leire.

CHI mi buanaichean air gach lamh dhiom,
 Faghar uaibhreach aig na maithibh ;
 Banal ghruagach is ceanalt fàilte,
 A cur ri buain, 's an luaidh leo manran,
 Hoireann o ho, &c.

Cha 'n eil mo luadh 'sa la' ra gradh fein,
 'S e d'fhag nis trom mi, a's m'intinn pramhail !
 Tha cneas mar ghaillean, is seamh a braghad,
 Mar thonn na mara, 's co faluin slàn i.
 Hoireann o ho, &c.

ORAN GAOIL.

Thig feara posda ga'n cònuidh dhachaidh,
 Gu geanail, co-radhadh, ri caomh chaidreadh ;
 Le meud an gaol biodh an crì ag lasadh—
 A Rìgh nan dùl ! nach caomh an tasgaidh.
 Hoireann o ho, &c.

Mar nead na h-uisge am blàs nan còsan,
 Biodh mas mu'n teallach an àlach òga ;
 Biodh sin an athraiche ait a feornich—
 Cia mar bha iad, o'n bha siad còla ?
 Hoireann o ho, &c.

Mar sin, air chint, 's e sin ar dòchas,
 Gu biodh sinn fathast gu fialai còla ;
 A rìghinn mheuchair is blasda còra,
 O'm faighite aoibh agus barrachd sòlais.
 Hoireann o ho, &c.

Gu biodh sinn fathast gu fialai fàilteach,
 A chailin cheutaich a lèig is àille !
 O'n fhuil is rioghaile, shiol nan armun,
 Le'n olta fion, 's le diolta slaintean.
 Hoireann o ho, &c.

LEANNANACHD.

Nach ionmhuin `dhoibhsan le'n spreidh feadh
bheantai,

Le'm buailte bhō feadh shrath a's ghleantai—

Na 'n tallai riomhach, le ceol a's aoibhneas,

'S an saoghal ag eiridh leo mar is roghnuiche.

Hoireann o ho, &c.

LEANNANACHD.

BUACHAILLE.

LATHA dhomh am aonar,

Feadh thulchana boidheach,

Thachair cailin og orm,

Bu shonraicht leam fhein ;

Thuirt mi ria gu sìmhald—

Mo chailin na gabh mì-thlachd,

Mo leigeas mi mo chrì riut,

'S mi fhein air do dheigh.

Labhair i gu garg rium ;
 'S i tior-dadh ann am feirg rium :

CAILIN.—Tog anis do d' araghloir,
 'S ro sheargh leam do sgeul.

BUACH.—'S mo nighean na bi gruamach,
 'S na tiondaidh ann am fuath rium ;
 A's tair na dean air buachaille,
 Bhios cuartachd an spreidh.
 Biodh do chrobh air buaile,
 A's ni mi fathast tuathanach ;
 Ach ma bheir thu fuath dhomb,
 'S an uaigh biodh mi fhein !
 Sheall i 'n sin le tair orm,
 'S i deanadh snotha gaire.

CAILIN.—Cha gliulan bochd mar tha thu,
 A tharas mi fhein.
 'S a liuthad ògan suairce,
 Le earras agus uaisle,
 Le 'm b'ait a bhi ri m' ghuallain,
 'S cha bhuchaille spreidh.

BUACH.—Ach mas' tē co ard thu,
 A bheir co deas domh tàmailt,
 An cridhe thug an gradh dhuit,
 'S nach slanuich aon leigh,
 Lionadh e le fuath dhuit ;
 Cia mor do mhais' a's t-uaisle,
 O nach giulan suarach,
 A chuartaicheas spreidh,
 A b'aite leat a phosadh ;
 Tha ioma tē co boidheach,
 Leis an faighinn stòras,
 A's moran do spreidh.
 Thill i air a sail rium :

CAILIN.—Do chridhe tha lan ardain ;
 Ach o'n a tha thu dàicheil,
 Gu bi sinn fathasd readh.

ORAN DUCHA.

ORAN DUCHA.

GU bheil m' aigne ait ag eiridh,
 A's mi fu sgei nam Morbheann,
 A measg nan armunn foinni ladair,
 Nach leig faillig oirne ;
 Tha iad fiali, sgairteil, gramail,
 Buadhach, duineil, morach,
 Guineil, ceannsalach, ro dhaimheil,
 A's iad gu h-ainmeil, eolach.

Fad a's farsuing chaidh an cliu-san,
 Na h-ìuraine gheal òga ;
 Sliochd nam Fiantai, bha o chian ann,
 'S iad bu dhian 'san tòireachd ;
 Bha iad flathail anns an tabaid,
 Dh'aindeoin sgialachd sgleo-flhir ;
 A's tha iad fathast cathach euchdach,
 'S iad nach treig a choir ghlan.

B' iomraiteach na Greugaich chogach,
 Ann an troid na Roimhe ;
 'S iomad lascair a chaidh chasgairt,
 Bha sa chath mar bheo-bhethir.
 Ach o thoiseach cha robh oscar,
 Amhuil siol nam Morbheann ;
 A's gu dilinn, suthain, siorrui,
 Cha 'n islich an pōr sin.

Feadh nam beanna, anns na gleanna,
 A's gach talla ceolar,
 'S iad nach fannaich, uile anam,
 Ann an sealla dōrain.
 'S iad luaidh nan gaol, na mnai gheala,
 'S barraichte na h-oighean ;
 Mar abhuil aille an liosa blà'ibh,
 No ūr fhàs nan ògain,

Tha gach cinne meurach, minic,
 'S calma am fine pōrach.
 Iad a sgaoileadh feadh an t-saoghail,
 Le fòlum a's gach mor ghnìomh.

Iad ag eiridh firein ghleusda,
 Clainn nan ceudan morfhear ;
 A bheireadh buaidh amach a dh'aindeoin,
 'S iad da'n aithne morchuis.

Amns na fuinne tha mo thuinneadh,
 'S lionar curai lōghar ;
 Mar an darag, no uchd carruig,
 Roi thonna glas n' àm còraig ;
 No, mar dhealan luath an adhair,
 Ann am feachd no dòrain ;
 A dh' eireadh uile, foinni, fuasgailt,
 A thoirt buaidh na còrach.

Mile beannachd air gach fine,
 Leis an toigh ar còra ;
 Cainein mhaiseach, tha ro labhar,
 Ciatach, cho lan fòluim.
 Gach nòs a's cleachd, gach rùn a's beachd,
 A bha o thùs n' ur còraibh ;
 Leanadh buidhean, mur bu dual doibh,
 Fuigheal flath nam Mhorbheann.

DUANAG.—CAILIN GHAOIL

LE OGANACH ARAIDH.

A CHAILIN oig a chuach fhuilt chlearcaich,
'S truagh gun mi bhi leat an tràs.

A chailin oig, &c.

Tha do chaoin mar bhlà nan aille,
A mheuchair mhalda rinn mo chradh.

Tha do chaoin, &c.

Tha do ghnuis gu faoineal, flathail,
Ainnir ghasda, mhaisich, ghrinn.

Tha do ghnuis, &c.

Tha do ghnuis mar dheo na greine,
Am maduìn cheitein, 's drùic air blā.

Tha do ghnuis, &c.

Gu b' annsa leam bhi leat, a chialain,
Ann an grianan diamhair fàis ;

Gu b' annsa, &c.

No bhi 'm pailluin flath nam faoileachd,
 Rūn nan gaol, a chailin shaor.
 No bhi 'm, &c.

'S ōg a rinn an gaol mo leonadh,
 Mu'n do chòdaiche mo ghruag.
 'S ōg a rinn, &c.

Mu'n robh ulla fōs ri fhaicinn,
 Bhios a gleachd ri m' chridhe faoin.
 Mu'n robh, &c.

Ach, ge h-ioma spairn a d'fheuchas,
 Fòs do sheunas e gu la ;
 Ach, &c.

Gus an la 's am facas m' ulai,
 Rinn gu buileach mo bhuin leà.
 Gus an la, &c.

'Tha mo chridh dhith buan an ceangal,
 'Si ni falain mo chruth cria.
 'Tha mo chridh, &c.

Nigheanag uasal nam beus cliuiteach,
 'Tha mar ūr fhas 's a mhios bhraon.
 Nigheanag uasal, &c.

RAINN SUGRAIDH.

Tha a gruaidh mar chaoran meangain,
'S a geal chneas mar shneachd air raon.

Tha a gruaidh, &c.

Tha dā shuil mar dhealt, no aiteal,
Rinn mo lot nach leighis leigh.

Tha dā shuil, &c.

Sin thuirt — òg, mear, meamnach,
Iuran gasda chridhe fhial.

RAINN SUGRAIDH.

SEISD.

Hillin eile horo,
No ho chall uile eile,
'S i mo ghaol a mhaldag,
Is aille mar cheile.

OIGHE gheanail stuama,
'S glan suairceas na h-eiteig;

'S e d'fhag mi 'n diugh fo smuairean,
Nach suarach mo speis dith.

Hillin eile, &c.

A chailin shomhai, mhodhair,
'S fearr fòlum a's ceudfai ;

Com is deise, choiliont,

Gun fhoill ann a cleibh se.

Hillin eile; &c.

Mo nighean lurach, òrbhui,

Mar og mhaduin cheitein,

Tha gach buaidh an cònuidh,

Air oigh a chuil cheutaich.

Hillin eile, &c.

Mar am feasgar shamhrai,

Bhios caoin dhearsa greine,

Tha mo chruinneag bhachulach,

'S a cneas mar chanach sleibhe.

Hillin eile, &c.

Ann am maduin cheopain,

Is binn an smeor air gheugan ;

ORAN GAOIL.

Ach 's binne mhoighidean chaireamach,
No sin, a's farum theudan.

Hillin eile, &c.

Ach, ciod am fà bhi 'g ailis ort,
No coimhead air do bheusan?

'S e do ghaol tha 'm shlada se,
O'n tha mi ghna as t-eugais.

Hillin eile, &c.

ORAN GAOIL.

BIODH mo shoraidh do'n mhoighidin,
Ann am foill dith cha d'fhas mi ;
Mar a math leam thu falluin,
Nar a meal mi mo shlainte.
Gur e m' aiteas 's mo shòlas,
A bhi còla ri Mairi ;
Oigh nam mìg-shuilean meallach—

Gruaidh thana, beul gàireach.
 Gur e m' aiteas, &c.

Tha seirc ann ad' aodun,
 Nach feud mi fein aicheu
 A mheallas aon chridhe,
 Le grinneas a's failte.
 'N uair a bhios i a m' amharc,
 Bithidh m' intinn fo phramh dheth
 B' aite tartar a tighin,
 No ceol fìdhil, no clàrsaich.
 'N uair a bhios i, &c.

'N uair a thig an ao-mhaduin,
 A's mi fada o'n ailleag,
 Tuitidh m' aigne fo smalan,
 'S cha tig gean ach le Mairi.
 Tha a gruaidh mar an caoran—
 Mar an fhaoileag a braghad ;
 Tha a slios mar an eala,
 Air an linge a shnamhas.
 Tha a gruaidh, &c.

ORAN GAOIL.

Ach, coma an ceileam,
Gu bheil eagal le pramh orm ?
Gu meall iad thu thall ud,
Chaoin Ainnir nan lamh geal !
Ach ma bheir thu do ghealla,
A d'fhear eile, a's m' aicheun,
Biodh mo shuilean fein galach,
'S cha mheal mi mo shlainte.
Ach ma bheir, &c.

Ach, ma chi mi dol seachad,
Oigh mhaiseach nam blā shuil,
Gu'n ciur e mo chridhe,
'S gu druigh e air m' airnean !
A cuimhneach ar 'n òige,
'S tric còla a bha sinn ;
'S na treig orm do ghealla,
Air son earras no aillghios.
A cuimhneach, &c.

ORAN GAOIL.

ORAN GAOIL.

AIR FONN.

Cha 'n ioghna na gillean, na gillean, na gillean,
 Cha 'n ioghna na gillean bhi sireadh do phòg;
 Cha 'n ioghna na gillean bhi 'n tòir air an ighin,
 'S a gruaidh mar an t-siris, 's a bili mar rōs.

'S AN taobh thall na h-abhunn a chunna mi aiteal,
 Do'n righin is maisiche, bha mi na còir;
 Bha dealra na h-ainnir mar reulta na maidne—
 Bu taitneach leam labhairt, a's binneas a beoil.
 Cha 'n ioghna na gillean, &c.

Tha iomad san t-saoghal na 'm faigheadh iad
 daoine,
 Crobh agus caoraich, earras a's stòr;
 Nach iarrudh a chruinneag tha meuchair a's
 ciuinir,
 Gu foghna leo dubh-chaille ghvanaich le sgleo.
 Cha 'n ioghna na gillean, &c.

ORAN GAOIL.

Ged' bhiodh i na leine, mar bhios i ag eiridh,
 Gu b' annsa leam fhein i, no spreidh air lòn ;
 'S i thogadh mo chridhe le ailleas a's grinneas,
 'S cha 'n aicheum nach sirium bhi ruitheachd
 air pòig.

Cha 'n ioghna na gillean, &c.

Tha slios mar an eala, tha cneas mar an canach,
 Tha gluasad mar 'sanna ri'm faighin na h-oigh ;
 Gu simhalda, stuama tha cailin na buaile,
 Siubhal eutrom le cuachan air uachdar an fheoir.

Cha 'n ioghna na gillean, &c.

'S e n sòlas is aite bhi timchioll a mhainnir,
 La ceitein, 'sa mhaduin, a choimhead na h-oigh ;
 Na laoighe le cabhaig, ag iarruidh gu bainne,
 'Sa ghruagach's ro cheanalt le cuman fo chroic.

Cha 'n ioghna na gillean, &c.

'S nuair sheinneadh an eiteag 'sa chiuin mha-
 duin cheitein,
 A's smeorach na geige, mar bheus a seinn ceoil ;
 An cualas 'sa chrùinne, an crunn luath is ulla,
 Na coilleag a siubhal o bhilibh an ròis ?

ORAN NAM FINEACHAN GAELEACH,

AIR SHEOL UR.

'S am bheil an t-Ughdair a cumhadh armuinn a threig.

AIR FONN—Gaoir nam ban muileach.

OCH nan ochan ! a dhaoine,
 Na bheil uile 'san t-saoghal,
 Cha 'n ioghna sibh chaoineadh,
 An armuinn bha gaolach—
 'S a bha gun chean faolum,
 Na luidhe fo dhaolaibh ;
 B' ùr gasd e, gun daolum,
 'N uair a bha e na aodach, 's na shlainte.
 'N uair a bha e, &c.

Gu bheil m' intinn fo smuaircan !
 A bhi coimhead na h-uaigh,
 'S am bheil an t-òigear bha suairce,
 Làn aidhear, gun bhruaillean ;
 Co th' aca measg uaislean,
 Nach robh e co buadhar ?

Ro fhearail, 's bu dual da—

'S gu'n d'fhag e ri 'n cualach maoth phaisdean.

'S gu'n d'fhag e, &c.

Bu mhath do shloine ri innseadh,

Do Chlainn Donuill an fhion'uil,

Na leomhain nach strìochda,

Le'n lannan geur liomhai ;

Fraoch daite bu mhiann leo—

Long a's bradan an fhior uisg ;

Tuath a's deas, a's an iar dhuinn,

S an a fhriamhaich na fìor dhaoine mòra.

S an a fhriamhaich, &c.

Do cheann eile cha tàir e,

Sìol Leodaich nan àrach,

Rachadh dian anns na blàraibh ;

Roimh mharc-shluagh nach sàradh,

'S mac Callum le armuinn,

Bhi 'n Raasa la' riu.

'S mòr an diubhail a bhàthadh,

'Sgu be 'n treun laoch thar aireamh choig ceud e.

'S gu be 'n treun laoch, &c.

Clann Ghilleain o Dhubhairt,
 Rachadh sios leat sa chunnart ;
 Bhiodh an lanna geur, fuileach,
 Anns gach tuasaid a's cumasg ;
 Marri Duibhnich an dunach,
 Chuir ri aitrichibh Mhuile,
 Lasair theinteach rinn fulasg,
 Bu mhor an ganlas ! luchd cinne do chairdean.
 Bu mhor an ganlas ! &c.

Dh' eireadh grad leat an Caimbeul,
 Fear cinne do sheana mhathair—
 Iarla Bhealaich bha ainmeil,
 Ris an cainte Rìgh Araghael,
 Le fhir threuna bu tarbhach,
 Na 'n eide gun chearb orr'—
 Luchd chlogaid a's thargaid,
 'N uair thogta leo meirghe buidh sgàileach.
 'N uair thogta leo, &c.

Thigeadh Cataich o thuath leat,
 Gu sgiobalt, 's bu dual doibh ;

'S Clann Choinnich nan luath lamh,
 'S an cabair a suas orr',
 Feadh chuagaibh nam fuar bheann ;
 Leo chinneadh gach cruaidh chuis,
 'N uair a nochdadh a suas leo fear craice.
 N uair a nochdadh, &c.

A's thigeadh o Chluaini,
 Fir ghasda mu d' ghuaille,
 Nach sòradh an tuasaid ;
 'S gach fine mor buadhach,
 Bhiodh leatsa, 's bu dual doibh,
 Ann an cairdeas, 's an uaisle ;
 Na 'm bu cheannard air sluagh thu,
 Fhir dhaontaich, a bha do shiol Adhamh.
 Fhir dhaontaich, &c.

Bhiodh Mac Ghrigair, 's a shluagh leat,
 Ris an cainte Rob Ruadha ;
 'S ar cheannard fir chruadhach,
 Bheireadh sgriob air na h-uaislean ;
 Air diuncan bhiodh an uachdar,

ORAN NAM FINEACHAN GAELACH.

Thogadh màiltean an tuatha ;
 'S nach sàraiche truaighean.
 'S ann leis bheirte mach a bhuaidh laraich.
 'S ann leis, &c.

Cha 'n aithne dhomh sheanachas,
 Na tighearnan ainmeil,
 Air cheann sloighibh mhor mheamnach,
 A dh' eireadh gu dearbh leat ;
 Na 'm bitheadh tu sealbhach,
 Air feadh eilean a's gharbhlach,
 'S iad a dheanadh an t-sealga,
 'S a chuireadh cath garbha da'n namhaid.
 'S a chuireadh, &c.

Ach ged' bhiodh iad mud' chomhair,
 Gach cinne chaidh romhad,
 Uile fheachdan an domhain,
 Gheibheadh an teachdair a ghnothuch.
 Tha 'n t-aog a ghna coimheach !
 Fagaìl teaghlaichean brothach ;
 'S tric a gheur lann feadh shnothach,

Sgathadh gheugan is chrannaibh is airde.

Sgathadh gheugan, &c.

Is bochd ! nis bhi gad' thuireadh,

'S nach till thu rinn tuille.

Mu 'n taice so 'n uraigh,

Gu b' ailli an curaidh ;

Mar chrann ard bhios fo dhuille,—

Ach bhuaile gaisgeach am buille,

A's ghrad shearg gach ùr mheangan fo bhlā ort !

A's ghrad shearg, &c.

Bha maise ann ad aodun,

Thar chlanna na daoine ;

Ged' bu ghann ort an saoghal,

B'e t-aighe bha aotrom ;

Bu tu sealgair an aonaich,

A's cha bu bhuaichaille chaorach.

Ochoin ! d'fhag thu sinn faondrach ;

'S iomad bochd dhuine caoineadh mar tha thu !

'S iomad bochd dhuine, &c.



Bhuail acuid a bhāis thu,
 'S e lot a's a chraidh mi!
 Bha t-aghaidh mar dhearsa,
 Moch maduinn, air fàire;
 'S do dhā shuil bu bhlàì,
 Chinn iad uile mar sgàile!
 'S an leaca ruiteach a b' aille,
 A bha mar ūr ròs a gharaidh sa cheud mhios.
 A bha. &c.

Cul maiseach bu bhoidhiche,
 'S ann ort a dh'eireadh an t-òran,
 Ge be dheanadh air dhoigh e.
 'S e do cheum a bha lòghar—
 Bu chuimir do bhrogan,
 Nach lubadh am foirnean.
 Cha ghaoil earras no stòras,
 A d'fhag mise co brònach mu d' dheighin.
 A d'fhag mise, &c.

Ach, o'n 's cuibhe dhuinn uile,
 Bhi greasad ga uighe,

MARBH-RANN.

Chum an tighe chaoil chumhain,
 'S am bheil an t-armun na luidhe—
 Nis is coir dol far 'n uigheam ;
 Ge nach euchdan nan curai,
 A ni feum dhuine h-urad,
 Ach Àrd leighe na cruinne,

'S a Mhac fein air cheann uighe ann am Pharras.
 'S a Mhac fein, &c.

MARBH-RANN DUINE CHOIR IONRAIC.

FUI 'n lic so 'n tamh tha cholluin chaomh,
 Re bheatha thriall an slighe nan naomh ;
 Bu chiuin a ghuth, bu mhor a speis,
 'S e diadhai còir, le rogha ceill.
 Ceile gaoil, a's athair graidh,
 Saoi gun bheud an iul nan adh !
 Gun lochd do neach, bu chaoin a ghloir,
 Le firinn readh, gun bheum, gun ghò.

Le aingle naomh an Aros De,
 Biodh anam sona, rè nan rè ;
 A seinn laoidhe mholai feadh gach linn,
 Do Rìgh nan dūl, le co-sheirm binn.
 Ged' chrìon mar dhuslach anns an ūir,
 A cholla chrea sìos na smūr ;
 Fòs thig am brath 'n tra dh'eireas suas,
 Cuirp na muintir chaidh san uaigh.
 Biodh sgeamh nam firean threig o chian,
 'S an aiseiridh dealrach mar a ghrian ;
 Gun chuimhn air osna trom no leon,
 A bhia g' an claidh an gleann a bhròin !
 Ann sinu, biodh cholla so san ūir,
 Gu maiseach 'g eiridh rìs gu h-ūr.
 Le failte gabhaidh Ti nam buadh,
 A chomunn ghraidh ga chònuidh shuas.
 Mar bha e bhos, 's ann bhios e thall,
 Le laoidhean cliu, an saoi gun fheall ;
 Ri aoradh a's crābh 'san ionad fhial,
 Ag iobradh suas gu suthain sìor ;
 Far nach crìon maoth ògan ūr—
 Far nach searg an lus na smūr ;

AN ROS.

'S nach fannuich nòinean bhàn dhi dealt,
 'S a chridhe chaoimh nach mosgail geilt.
 Cha loisg a ghrian, cha mheath am fuachd,
 'S a chònuidh naomh an taobh eile 'n uaigh.
 Nach aoibhinn bās an duine chòir,
 A triall chum siorruidheachd na glòir ?
 Cia bith an truaigh a bh' aige bhos,
 An taobh thall do'n uaigh gheibh esan clos.
 Gur h-e mo ghuidhe o'n Ard Rìgh,
 Bhiodh amhuil sin, mo lai, 's mo chrìoch.

AN ROS.

[O Ghreugais Anacreoin.]

BIODH Rōs nan gaol mu 'm cheann,
 Le dhuille 's aille snuadh,
 'S biodh sinn gu h-ait ag òl,
 Le pòitear mor nam buadh.
 'S e ceud fàis an earraich uain,
 An Rōs is aille dreach ;

MAIRI.

De dhùille diomhair shuas,
 'S e pluran ùr an cneas.
 Tha macan mhaise fein,
 A sniomh na dhualaibh grinn,
 Mu fholt is cùilean barr,
 An Ròs, o chùl a chinn.
 'S e cluich le Iurain ghaoil,
 Gu h-aobhach, Iaimh air Iaimh !
 O ! dhomhsa an coran àidh.
 A Rìgh na dibh, le daimh ;
 A's eiridh mi grad suas,
 Le gruagach an uchd aird ;
 A's damhsaidh mi le buaidh,
 Le 'm choran, a's le m' ghràdh.

MAIRI.

[From the Lady of the Lake.]

'S E 's uirigh nochd dhomh barr an fhraoich—
 Bìodh raineach ùr mu 'n cuairt mo thaimh ;
 Mo cheolan cadail tartar laoch,
 'S mi cian o ghaol, 's o Mhairi ghraidh.

'S an ath oich faodaidh mi bhì fòs,
 Le creuchdan leont', am bhreacan, fuar,
 'S mar ghuileag ealai, caoidh mo ghaoil,
 Nach duisg mi chaoidh o thamh na h-uaigh.
 Aon smaoin air gaol cha 'n fhaod mi luadh,
 'S gach gealla fhuaras uait o thùs,
 No air do ghuuis, a cheist, fo smal—
 Ge trom do ghal, mar ròs fo dhriuc.
 Cha tioma ghraidh bu nòs do laoich,
 Shiol Ailpein ann an còrag namh ;
 Mar bhogha air lùgh an crì nach clì,
 'S an cosaibh saor, mar shaighide ghna.
 Ach thig an t-àm, seal beag roi 'n bhās,
 Ma thuiteas mi san ār le buaidh,
 Nach acuin leon bheir suas an deo,
 Ach smaointe bròin airson mo luaidh.
 'S ma thig an t-àm 's an till do ghaol,
 'S an namh le aog na luidhe cian,
 Gu seinn gach eun 's an ealtuin ceol,
 Do 'n rìghinn òg 's da ceile fial.

CUMHA LEANNAIN.

D'fhalbh mo nighean chruinn donn

Uam do'n Iurai ;

D'fhalbh mo nighean chruinn donn,

Cneas mar eal air bhar thonn.

Och, a's och ! mo nighean donn,

D'fhag thu mi-shund orm.

'S TRUAGH nach robh mi 's mo ghaol,

Ann an gleann cubhrai !

'S truagh nach robh mi 's mo ghaol,

Ri h-uisge 's ri gaoth,

Fo shile nan craobh,

Bhiodhamid sundach.

D'fhalbh mo nighean, &c.

Cha 'n e goirteas mo lamh

Tha gam' chiura ;

Cha 'n e goirteas mo lamh,

An deis a gearradh le tàl—

CUMHA LEANNAIN.

Ach mo nighean bhui bhàn,
D'fhag thu mi-shund orm.

D'fhalbh mo nighean, &c.

Na 'm biodh agamsa spreidh,
Bhithinn gle chuirteil ;
Na 'm biodh agamsa spreidh,
Feadh bheannaibh a's shleibh,
B' ùr a gheibhinn thu fein,
Nach bu cheil umaidh.

D'fhalbh mo nighean, &c.

Ged' tha thusa an tràsa,
Ann an gleann Iurai ;
Ged' tha thusa an tamh,
Tha t-aigne fo phramh,
Agus mise gun stà,
Le do ghaol cùirte.

D'fhalbh mo nighean, &c.

Beir mo shoraidh le gradh,
Uam do'n Iurai ;
Beir mo shoraidh le gradh,

RAINN SUGRAIDH.

D'fhios na h-ighin rinn mo chradh ;
 'S nach math lia mar tha,
 Tha i fein tùrsach.

D'fhalbh mo nighean, &c.

Cha 'n eil aice mar cheil,
 Ach am fìor umaidh ;
 Cha 'n eil aice mar cheil,
 Ach sean duine gun speis ;
 A's e mar ghearan o'n fheil,
 Doirbh, breun, uldaidh.

D'fhalbh mo nighean, &c.

RAINN SUGRAIDH.

'N UAIR a bha sinn anns na gleannaibh,
 A leigeil a chruibh laoigh mu'n mhainnir,
 Shaoil mi fhein nach robh air thalamh,
 Fear a mhealla bean a chinn dubh.

Bha mi uair 's bu toigh leam do ghuth,
 Ged' is suarach umad mi 'n diugh.

A nighean sin a th' aig na gabhna,
 Bha mi uair 's bu mhor mo gheal ort ;
 Sgile thu no sneachd air bheantain—
 No, 's a ghleann am bìteadh ga chur.

Bha mi uair, &c.

Tha do chneas cho geal 's an fhaoilean,
 Do dhà ghruaidh cho dearg 's an caoran,
 Dā shuil mheallaich ghorm ad aodun,
 Mala chaol, mar ite 'n lòn duibh.

Bha mi uair, &c.

Ach, ged' a bha a h-anail cubhrai,
 'S a bili dearg air bhlas nan ubhlan,
 O'n a thug i rium a culaobh,
 Cha 'n eil int' ach smuirnean, no dus.

Cùl mo laimhe ria gu tur,

'S tha mi suarach uimpe an diugh.

 ORAN RINNEADH AN AMERICA.

ORAN RINNEADH AN AMERICA,

LE GOTHA CHLAINN 'IC COLLA,

Mhuintir Inbherlochais.

SEISD.

O ghillean bibh ulla, le arma guineach,
 Gu ladair, urranta, an onair an Rìgh;
 Mu'n tig oirne fada, bithidhan rioghachd so againn,
 A's theid sinne dhachaidh do Bhreatun aris.

A DHEAGH Mhic Shimi na h-Airde,
 Leat a dh'eireadh buaidh laraich;
 Tha thu fuileachdach, dana---
 Cha b'e t-àbhaist bhi crìon;
 Gu faiceam thu t-àite,
 Le piseach, 's mor ghrasan,
 Aig Manachain na h-Airde,
 Ann an àite Mhoreir Shìm.

O ghillean, &c.

'N uair a rainig sinn Calla,
 'S a thilg sinn an acair,
 Mu choinne an fhearain,
 'Bu mhath leinn bhiodh ann ;
 Bha gach aon duine againn,
 Le ro mhòran cabhaig,
 Dol am bàtaichean fada,
 Gu eilean Orleans.

O ghillean, &c.

Fo Bheumont a marsal,
 Bu bhoidheach an sreud sinn ;
 A suas gu Rutha Lebhi,
 A feuchainn na suinn :
 Bha Innseanaich, 's Frangaich,
 'S na preasan gle theann oirn,
 A muiteadh nan ceann,
 A's nan calp a bhuin dinn.

O ghillean, &c.

'N uair bha sinn 'n ar n-uaigheam,
 A suas an seol batailt ;

'S a bha sinn ga 'm faicinn,
 D'fheuch am feitheadh iad ruinn :
 'N ar n-aghaidh thug iad teine,
 A's fhuair iad aon eile ;
 Sin ghabh iad an t-eagal,
 'N tra dh'aithnich iad sinn.

O ghillean, &c.

“ Air ur n' aghart, nis fhearaibh,
 An riaghailt mhath fanaibh,
 Tha 'n namhaid a tional,
 Air a chonard so shios.”

'S ann a dh'ionsuidh na h-eaglais,
 A rinn iad ruinn seasadh,
 Gu tug iad dhuinn greadan,
 A's theich iad aris.

O ghillean. &c.

Thainig ordu le cabhaig,
 O'n Choirneal gu 'r Captein,
 “ Iain Chaimbeil bi tapai,
 Thoir aire air bhi treun—
 Thu fein 's do chuid ghillean,

A d'fhalbh, ge nach tillear,
 Do'n *eaglais ud h-urad,
 Ga cumail car oich."

O ghillean, &c.

Cha b'ann a dh urnaigh na chràbha
 Chaidh sinne do'n teampull,
 Ach an coinneadh ar naimhdean,
 Ge bu dàna sud dhuinn.
 Mu mheadhan na h-oiche,
 Bha Frangaich gun chuntas,
 Le teine oirn a dlutha,
 Feuch an iompadh iad sin.

O ghillean, &c.

Cha'n iompadh 's cha gheilleadh
 Chaidh na leomhaine threubhach,
 'S fhada chuireadh gu feum iad,
 Chaidh an sgeul thar gach linn.

* One of our every-day Poets would probably give us here a description of the Church; but our Author, with much more effect, expresses the thought that naturally occurred to him.

Bha Monr. Mont-Callum
 G'ar cùbadh 's g'ar teanna
 Didonuich, 'n uair theannn sin
 Ri tabaid aris,

O ghillean, &c.

Le sligean g'an spealta,
 'S le colluine ro-mhor,
 Cuir smuid ris gach balla
 Bha 'sa bhaile bha grinn.
 Gu bu chruaidh e ri fhaicinn,
 Seach innseach no eachdruì,
 Na mairbh bha na'n cadal
 Bhi ga'n tilgeadh a nios !

O ghillean, &c.

Mu mheadhan na h-eubhach
 D'fhalbh Mac-Shimi, 's coig ceud leis,
 Thogail creach anns na sleibhteann,
 Agus spreidh anns na glinn.
 'N tra chaidh sinn 'n ar 'n uigheam
 Chaidh na Frangaich nan siubhal ;

Cha d'rinn iad ruinn fuireach,
 'S be 'm buidhinn nach d'rinn.

O ghillean, &c.

Cha robh fear, bean, no paisde,
 Croabh a's laoigh anns a ghàraich,
 A rinn sinne aca fhagail,

Ach gu traigh thoirt leinn.

Aig eaglais Chille-Miosai

'S ann a rinn iad an aireamh ;

Iochd dùcha 'se mheas iad

A bh'againn do nì.

O ghillean, &c.

'N tra raineas Rutha Lebhi,

Bu lion fear agus tè ann

A bha 'g radhain r'a cheite—

“ 'S mor an sgeula ri inns'.”

Ged' a d'fhalbhamid uile

Gu bu ghann dhuinn an turas,

Fhuair na Gäel an t-urram

Air muir a's air tìr.

O ghillean, &c.

Ach 'se là *Esmaransi*
 Fhuair sinn losgadh gun mhasla,
 Le innleachda cala,
 A's ceathrar aca mu'r aon.
 Ach na'n tiondaidh iad mach leinn,
 Am fìor chòrag tabaid,
 Gu leigimid fhaicinn
 Nach bu ghealtach ar tighin.
 O ghillean, &c.

Bha na Frangaich co dana,
 An cridhe cruaidh mar an stailinn,
 'N uair a dh'aithnich a ghraisge
 Nach robh sinn ladair gu gnìomh ;
 Ach fuirich ort fathasd—
 Tha là Chuibic ri labhairt,
 Fhuair na Frangaich an sgatha
 A bhios grathun na'n cuimhn !
 O ghillean, &c.

Mur an d'fhuair sinn dui 'n àrach,
 Fhuair Mont-Callum am bàs ris ;
 Ach 's e loisg a's a chraidh mi,

Nach b'fhearr bha sinn fhein ;
 Bha ar Seanarail cliuiteach,
 A's fhuil chraobhach a drutha
 Air an fheur, 's gu b'e diubhail ;
 G'e bu chliuiteach ri inns' !

O ghillean, &c.

Dh'iar e thogail, 's gu faiceadh
 E an cath, a's e na ghleachd chruaidh !
 Cha bu leir dha na gaisgich,
 'S am bās ga chur dall !

Thuirt iad ris ann am misnich,
 " Is leinn an àrach a chlisge ;
 Tha na Gæel nam measg,

A cur sgrios orra sìos."

O ghillean, &c.

Labhair esan mar b'àbhaist,
 " A Dhia dhùlaich dean grasan—
 Gabh m' anam a dh' Aros,
 A's gheibh mi bās ann an sìoth.
 Theid an corp so do Shasun,
 A's togar dhomh caibul,

 ORAN.

Mar chuimhneachan fada,
 Air gaisge, 's mor ghnìomh."
 O ghillean, &c.

This heroic Poem abounds in natural description, and is characterized by simplicity, energy, and pathos. The Author, a soldier himself, represents very affecting scenes with great ease.—ED.

ORAN,

AIR FONN SUGRAIDH,

Le Fear a bha dol a dh' America.

Cur an nall duinn am botul
 Le sogan, gun ghruaim;
 Tha m' intinn se deonach,
 Dhol a sheoladh a chuain:
 A dhol a dh'ionsuidh an àite,
 Am bi am barr ga thoirt luath,
 Gu eilean St. Mairi,
 §, cha bhi mail ga chur suas.

MAS' e Selcìre an tràsa,
 Tha ri àite thoirt dhuinn,
 Tha mi deonach le m' phaisdean;
 Dol a d'fhagail an fhuinn:

Sud i'n imrich tha uaibhreach,
 An àm gluasad thoirt dhuinn ;
 Dol gu eilean St. Mairi,
 'S cha 'n fhag sinn e chaoidh.
 Cuir a nall, &c.

Ge b'e là ni sinn seoladh,
 Gu bu deonach ar rùn ;
 Gu b'e Ard Rìgh nan gràsan,
 Bhios ro chairdeil air stiuir !
 Bhi ga riaghladh, 's ga tearnadh,
 O gach gàbha, 's gach cùis ;
 Dol siar nunn air fairge,
 Mas' e crannchur e dhuinn.
 Cuir a nall, &c.

So i bliana tha sonraicht,
 Sinn gun àiteach, gun turn,
 Tra bhios cach anns a mhàrt,
 Cur ri àiteach, 's ri surd ;
 Luchd riaghailteach an àite,
 Toirt bharlinean duinn ;

'S e n stiuir thoirt an iar,

Nis is ciataiche leinn.

Cuir a nall, &c.

Gheibh sinn fearun a's àiteach,

Ann na faslaichean thall—

Biodh na coilltean ga'n rusga,

Ged' robh cūinn oirne gann ;

Cha 'n ioran 's n' ar crūban,

Am bothan uaigneach gun taing ;

'S na bailtean fo chaoraich---

Gur faondrach bhi ann !

Cuir a nall, &c.

Biodh na bric air na lingeann,

Agus mìltean a dh' eisg ;

A's biodh na h-eoin air na crannaibh,

A's air bharraibh nan geug.

'N uair a thig an Fheill-Paruic,

Biodh an t-āl aig an spreidh---

Biodh an cruinneachd a fàs duinn,

A's an t-àiteach da reir.

Cuir a nall, &c.

ORAN.

Gu ma slan leis gach armunn,
 A d'fhag sinn 'san fhonn,
 Far an robh sinn 'n ar paisdean,
 'S gun na mailtean bhi trom ;
 A's an duthaich bha àdhor,
 Nis na fhàsaichean lom ;
 Sud an t-aobhar mu'n ghluais sinn,
 Thar chuantain nan tonn.

Cuir a nall, &c.

ORAN DO BHEAN CHLAOTH-NA-MACRUI,

LEIS AN AIGEANAGH.

FHIR a dhìreas am bealach, 's a theid a nunn thar
 a Mhàm,

Thoir soradh no dhà le durachd uam,
 Gu rìghinn nam meall-shuile, 's farasda gne ;
 Do mhola gu h-ard bu dachasach.

Deagh nighean Ghilleasbuig, do'n ailleán is fearr,
 Am misneach, a's stàite, a's fiughantas ;
 Slan iomradh do Anna, gur math leam i slàn—
 'S ar m' aluin gur nadur cuise sin.

Foinne, dìreach, glan, gasda, dea'-mhaiseach,
 deas, ard,

Cul casbhui, faineach, lubach ort :

Do ghnuis a tha dreacha, is taitniche blā,

'S neo bhagarrach neul an dulach ort. [bān,

Gruaidh meuchar, dearg, daite, deud cailce, dlu,

Ri amharc an sgathun 's curamach ;

Cha 'n eol domh bean t-aoguis, 's cha 'n fhaiceam
 an tràs,

'S cian fhada 's gach àite bhuidh sud ort.

Craobh dhaite do'n fhion thu, is lionar ort buaidh,

Ri 'n labhairt a suas mar chuntain iad,

Dea'-ghliocas, a's gleidheadh, a's caithe ri h-uair,

Gu furanach, sundach, buntaineach. [dual,

'S tu deagh bhean an tighe, an robh mathas, 's bu

Tha cumanta, 's uaislean, cliuiteach ort.

'S tu mac samhailt do'n eiteig, thug na ceudan
gu bās--

'S tu 'n leighe ni stā gach aon duine.

Suil ghorm is glan sealla, fui'n mhalai dhuinn ard,
Mar dhearcaig air bharr nan driùcanan.

Do bhraghad glan, falain, mar chanach nam blar,
Slios fada, corp seamh, gun dumhladas.

Do chalpana cuimir, am broig phiolaich, troigh ard,
Nach saltair gu lar na pluranaibh.

Gur buidheach do d' cheile, 's e fein thug barr,
Gach neach a bha 'n aobhar diumba ris, [àidh,
'N uair naisgeadh gu h-eibhinn leis deideag an
Glac gheal nam meur faineach, luchleasach.

'S tu ogha, 's dā iar-ogha nan iarlachan ard,
Fhuair urram thar chach, 's cha b' ioghna e;
An diuc ud Mac Cailein, o charruig nam barr—
Bha t-athair 's do mhathair dubailt dhiu.

Gur lionar sruth uabhreach mud' ghuailibh gun
mheang,
Sliochd Dhiarmid nan lann, 's nan lūraichean ;

Shiol an fhior-'uil is uaisle, g' am bu dual bhi
'san Fhraing,

Fhuair urram nan Gall, 's a Chuingisich.

Ritir ard Loch-nan-eala, do charaid dlu teann,

Gu cuirinn mo gheall nàch diulta e,

Dol sios ains a bhatailt, a sgapa nan ceann---

'N uair chluinte ghaoir chatha, gu duisgeadh e.

Iar-ogha Chailein na feile, leis an cìreadh luchd
daimh,

Ogha Alastair āluin, fhiughantaich,

A thogadh na caisdeil gu baidealach ard,

Gu tuirideach, àdhoil, luchuirteach.

Na h-Arosain fialai mu'n iadha na baird,

'S am biodh iad gu stàtoil, curamach ;

'N uair thigeadh tra nòin, gu cònuidh, 's gu tamh,

Gu b'fharumach gàbh ur lùchleasan.

'Sfada sgaoil thu do fhreumha, 's do linntiche mòr,

'S air chint' cha saor thu Dughallaich,

A's Mor'ear Bhraid Albuin nan garbh bhratach
sròil,

A sgapadh an t-òr, 's nach cunta e.

ORAN.

Tighearn Charrodail cheutaich leis an eireadh
na sloigh,

'S cha treigeadh tu còir nan Stiuartach ;

'S a bhan-tighearn phrisail o'n lionar an stòr,
O'n ghineadh an oigh le ionracas.

'S e mo rùn an t-òg fearail, ùr, aithneachail ard,
Mo bheannachd gu brath le durachd dhuit ;

'S a nadur math, beannuichte, ceanalta, tlā,

'S neo-aiunniseach cearn do dhùchasa ; [cearr,
Ceart aindeoin luchd tuaileas, cha ghluaisear thu
Gun aobhar cheannfai, cha duisgear thu ;

Fear òg Chlaoth-na-macrui, 's ùr macanta t-ainm,
O'n bhaisdeadh an Gaelic Dughall ort.

This famous Poetess left few productions worthy of being preserved. This Poem is an exception, and though of the panegyric kind, is characteristic of the Authoress. Independence, originality, and ease, were the prominent features of her mind. How superior to the venal praises of the common herd of bards ! Had she not prostituted her genius at the shrine of immorality, she might rank next Mairi, nighean Alastair Ruaidh, and Mairead ni Lachuin—and the Highlands might boast of three unrivalled modern Poetesses, of three Highland Clans, Macleod, Macdonald, and Maclean.—ED.

ORAN GAOIL.

ORAN GAOIL.

SEISD.

Gu ma slan a chi mi
 Mo chailin dileas donn,
 Air an d'fhàs an cuailean fìnealt,
 'S air an deise dh'eireas fonn :
 'S e caint do bheoil bu bhinne leam
 'N uair bhiodh m'intinn trom ;
 'S tu thogadh suas mo chridhe
 'N uair bhiodh tu bruidhinn rium.

GUR muladach a ta mi !
 'S mi nochd air aird a chuain ;
 'S neo-shundach mo chadal domh,
 'S mo chaidre fada uam ;
 'S tric mi ort a smaointeach,
 As t-'aogus biodh mi truagh !
 'S mar a dean mi t-fhaotain
 Cha bhi mo shaoghal buan.
 Gu ma slan, &c.

Suil chorach mar an dearcag,
 Fo rasg a dh'iadhas dlu—
 Gruaidh dhearg mar an caoran,
 Fo 'n aodun tha leam ciuin.
 Mar d'airis iad na breugan,
 Gu 'n d'thug mi fhein duit rùn ;
 'S gur bliana leam gach latha
 O 'n uair a d'fhag mi thu.
 'S gu ma slan, &c.

Theireadh iad mu'n d'fhalbh mi uait
 Gu 'm bu shearbh leam dhol ad' chòir,
 Gu'n do chuir mi mo chùl riut,
 'S gu do dhiult mi dhuit mo phòg.
 Na cuireadh sud bonn curam ort ;
 Tha m'ùine gearr na 's leoir ;
 Tha t-anail leam co cùraidh
 'S th' an driuc air bharr an fheoir.
 'S gu ma slan, &c.

Tacan mu'n do sheol sinn,
 'S an thoisich iad ri radh,

Ag innse do mo chruinneig-sa—

Nach tilinn-sa gu brath.

Na cuireadh sin ort gruaman,

A luaidh, ma bhios mi slàn ;

Cha chum dad idir uait mi

Ach saighead chruaidh a bhàis.

'S gu ma slan, &c.

Tha mòran do luchd aimilisg,

S' a sheanachas an droch sgeoil,

An cridheachan mar phuinnsein,

'S cha chuimhnich iad air glòir ;

Ach na creid an sgeul ac',

O'n fhuair a chleir oirn còir ;

'S n'am fanadhmid o cheile,

'S i 'n eiginn bheireadh oirn.

'S gu ma slan, &c.

Tha Caimbuilaich, mar chairdeas,

Ga h-arduchadh le strì ;

Gu bheil cuid dhiu 'g radhain,

Gur tàir e mi na i ;

ORAN GAOIL.

Ach mar biodh i deonach
 Cha phòsamid a chaoi,
 'S c'arson a' chaill i a fradhrac
 'N uair ghabh i roghain mi?
 'S gu ma slan, &c.

Ach, th' an smaoin anis ceangailte
 Gu daingean a's gu teann,
 A's their luchd na fanoid rium,
 Nach eil mo ghnothuch ann;
 Am fear air am bheil fortan,
 Tha crois a tighin na cheann,
 'S tha mise taingeil toilichte
 Ged' tha mo sporan gann.
 Gu ma slan, &c.

ORAN GAOIL.

A CHUAGHAG nan craobh,
 Nach truagh leat mo chaoi!
 Ag osnaich ri oich cheothar?
 Ag osnaich, &c.

Shiubhlain le m' ghaol,
 Gu ùrlar nan craobh,
 Gun duine air an t-saoghal fheoraich,
 Gun duine, &c.

Thogainn mo ghaol
 Ri monadh an fhraoich,
 'S mo leaba ri taobh dòrainn,
 'S mo leaba, &c.

Do chruth geal caoin
 Sinte ri m' thaobh,
 A's mise gad' chaoin phògadh,
 A's mise, &c.

Chunnaic mi fein
 Aisling, 's cha bhreug,
 D'fhag e mo chrì brònach!
 D'fhag e, &c.

Fear mar ri tè
 A pogadh a beil,
 Briandail an deigh pòsaidh,
 Briandail, &c.

Dh'ùraich mo mhiann,
 Dh'athruich mo chiall,
 Ghuil mi gu dian deonach.
 Ghuil mi, &c.

Cha robh cuisle no feith
 An uachdar mo chleibh
 Nach do bhrosnuich gu leum còla,
 Nach do bhrosnuich, &c.

Ort tha mi 'n geall—
 Chaill mi mo chonn,
 Maille ri àm aosaid,
 Maille ri, &c.

Thogainn ort fonn,
 Gu soimhe, gheal donn,
 A's ghabhainn ort a'm eiginn,
 A's ghabhainn, &c.

Thiginn ad' dhait,
 Ghleidhinn ort fà ;
 Bhithinn, a ghraidh, readh 's tu.
 Bhithinn, &c.

Mulad gach la,
 Sior thighin am dhàil,
 'S mis th' air mo chradh mud' dheighin.
 'S mis, &c.

Thuit mi led' ghath!
 Mhill sud mo rath;
 Striochd mi le neart dòrain.
 Striochd mi, &c.

Saighidean do ghaoil,
 Sàit anns gach taobh,
 'S e thug dhìom gach caoin còla.
 'S e thug, &c.

Mhill dhìom mo dhreach;
 Striochd dhìom mo neart,
 'S mheudaich e gal bròin domh.
 'S mheudaich, &c.

'S mar fuasgail e trà,
 Le t-fhuran, 's le t-fhailt,
 'S cuideacha bàis dhomhs' e.
 'S cuideacha, &c.

Mallachd an tùs,
 Aig a mhnaoi-ghlùin,
 Nach do mhùch anns a chuil òg mi ;
 Nach do mhùch, &c.

Mu'n do ghabh mi ort ùil,
 Ainnir dheas ùr,
 'S nach duraich thu'n tùs pòg dhomh.
 'S nach duraich, &c.

Tinn gun bhi slan,
 Dusg' as mo phramh,
 Cuimhneacha da 'n pòsaidh.
 Cuimhneacha, &c.

Mo bheannachd ad' dheigh ;
 Cheannaich thu fein,
 Le d' leannanachd gle òg mi.
 Le d' leannanachd, &c.

Càiribh gu geur,
 Clach agus crea,
 Mum' leabai 's a bhrìgh uaisle.
 Mum' leabai, &c.

'S fad tha mi fein,
 A feitheadh ort fein,
 'S nach togar thu gheug suas leam.
 'S nach togar, &c.

'N am bu tusa bhi 'n teinn,
 Ainnir dheas ghrinn !
 Rachainn sa gheug suas leat.
 Rachainn, &c.

Ach 's goirid an dàil,
 Gus am faic sibh an la,
 Am bi prasgan mu bheul m' uaigh sa.
 Am bi, &c.

'S tu 's camlubach falt,
 Fanna bhui nan clueac,
 'S fabhra nan rosg àluin.
 'S fabhra, &c.

Suil chorach ghorm chaoin,
 'S broilleach mar aol—
 Mhill dhiom gach caoin slainte.
 Mhill dhiom, &c.

ORAN GAOIL.

Gus an cuir iad mi steach,
'N am luidhe fui lic,
Biodh mi fo neart cruaidh dheth ;
Biodh mi, &b.

Le smaointean do chleas,
'S do shugra mu seach,
Fo dhuilleach nam preas blāthor.
Fo dhuilleach, &c.

'S tu 'n ainnir ghlan readh,
Is aille fo bhreid,
Suil air dhreach airneig ;
Suil, &c.

Ghiulaineadh breid,
Uallach gu feill,
'S uasal an reul aluinn.
'S uasal, &c.

Ach, 's truagh gun an teud,
Tha 'n uachdar mo chleibh,
Gad' bhualadh 'sa 'n ceud àite.
Gad' bhualadh, &c.

'N am faighinn thu fein,
 Puisde o'n chleir,
 B' usa dhomh f'hein tearna.
 B' usa dhomb, &c.

'S tu 'n ainnir tha grinn,
 Fìleanta, binn,
 Led' cheileire, seinn oran.
 Led' cheileire, &c.

Ged' fhaighinn ort fà,
 Cha rachainn ort dān--
 'S an agad tha ghnuis shonraicht'.
 'S an agad, &c.

Gur gile do bhian
 No sneachd air an t-sliabh,
 Do mhulad a lion trā mi,
 Do mhulad, &c.

Tha saighead do ghaoil
 Annam 's gach taobh,
 'S cha labhair mi chaoi dan riut,
 'S cha labhair, &c.

ORAN GAOIL.

ISE FREAGRA.

'S tric mi gun dàil,

Cuimhneach a ghraidh,

Car tamul mar bha do dheigh orm,

Car tamul, &c.

Glac misneach 'san uair,

'S tu fhein tha mi luadh,

A chaoi gus an gluais eug mi !

A chaoi, &c.

Caol mhala gun ghruaim,

Cha 'n fhaigheadh tu m' fhuath ;

Do mhulad chuir an luathas aois orm,

Do mhulad &c.

Do phearsa dheas ùr

Cha chuirinn air chùl,

Ged' fhaighin ri phusadh Iarla,

Ged' fhaighin, &c.

Cas a dhìreadh nan stùc,

Leis a ghunna nach diulta ;

Bhiodh fuil air an drùic mu'n eirinn,

Bhiodh fuil, &c.

Led' mhiol-chona seang,
 Air loghainn ad' laimh ;
 Bhiodh puthar air coin 's air feidh ann,
 Bhiodh puthar, &c.

Gheibhte sud aig mo ghaol,
 Coileach bharr geig,
 Mu m' biodh fear eile na eide,
 Mu m' biodh, &c.

'S e thaghain dhomh fein,¹
 Deagh shealgair an fheidh,
 'S cha 'n fhaicinn e chaoi na eiginn,
 'S cha 'n fhaicinn, &c.

Cul buidh ort mar òr,
 Blas meal air do phòig ;
 Cha ghabhainn ort òr no feudail,
 Cha ghabhainn, &c.

'S tu ceist nam ban ùr,
 Nach caidle 'san smùr,
 'Sa mhaduinn 'n àm tùs eiridh,
 'Sa mhaduinn, &c.

ORAN GAOIL.

Is guirme dà shuil,
Is maiseach do ghnuis,
Is tlachdor air thùs daoìn thu,
Is tlachdor, &c.

Le d' f'heili deas ùr,
Paisgte mu d' ghlun,
Cha 'n fhacadh mo shuil t-aogas,
Cha 'n fhacadh, &c.

T' èugas ri luaidh,
M' f'heudail do'n t-sluagh,
Chad' tugainn dhuit fuath na 'm faodain,
Chad' tugainn, &c.

Cha luidhe orm aois,
Nam' faighin mo ghaol
Poisde le deoin cleire.
Poisde, &c.

M' ulaidh 's mo mhiann,
M' aidhear 's mo chiall,
Caol mhala o'm fè 'n tig gàire,
M' ulaidh, &c.

 ORAN EIREANNACH.

Cha 'n eile e fo n' ghrein
 Na thaghainn ad' dheigh,
 Na 'm bidhinn an deigh t-fhagail,
 Na 'm bidhinn, &c.

 ORAN EIREANNACH.

O ! 'san an Siorramachd Dheiri,
 'Tha 'n ainmir ga mòr mo speis !
 'S an leam bu bhinne do labhairt,
 No fidheal, a's gaoir nan teud.
 Suil is clise
 No aiteal no driuc air feur ;

The once frequent intercourse between the County of Argyle, and the north of Ireland, rendered their poetry in a great measure common to both countries. This made the Irish lay claim to the Homer of the north ; though their heroic poetry is very inferior, yet their lyric compositions are beautiful and affecting.

O com is gile

No 'n eala 's i snamh ri grein.

Suil is clise, &c.

A's òg bhean shocair,

Na 'm focala ceilli ciuin,

'S an leam bu bhinne do labhairt

No farum nan teudan ciul.

Ma rinn thu mo mhealla,

'S nach sgarradh an t-eug uam thu,

O 's ann mios roimh 'n Ollaig,

A thagh mi mar cheud ghradh thu.

Ma rinn thu, &c.

Ach biodh mo chiad mallachd

D'fhear eile am dheigh gu brath,

A dh'oladh na h-iomadh,

'S a rachadh a dh'iarruidh mna.

Bha leannan am falach,

Aig ainnir nan caoin bhas bàn ;

O rinn i mo mhealla,

Mu'n facas araon an la.

Bha leannan, &c.

'S ann taobh na Banna
 A thilg mi 'm fàine uam,
 'S a chunna mi tighin
 An ainnir a b'aile snuadh,
 Le cul donn daite,
 'S e casbhui nan iomada cuach ;
 O chraidh sud mise !
 Agus lot e mo shlainte uam.
 Le cul, &c.

'S ann taobh na Banna ,
 A sgar uam an 'aoilean mhna,
 Le cùl donn daite,
 Ga falach a sios gu Iar ;
 Le beul dearg tana,
 Fui'n mhala gun ghruaim gun smal ;
 O do dheud mar an canach,
 Gur math leam thu philtin slàn,
 Le beul dearg, &c.

Ach biodh mo chiad mallachd,
 Do fhearaibh an t-saoghail gu leir ;

'S na n'oganaich ghasda,
Nach taobh na mnaí gun spreidh :
Gur sgeul thainig dhachaidh,
Le caraíd o'n Phapa 'n dē,
Gun taobhsin ri 'r lai
Ri cailleach a's stòr na deigh.
Gur sgeul, &c.

Ach, deir iad, ag radh,
Gu'n tug mi dhuit gradh a's gean ;
Gu treiginn mo chreideas,
'S gu rachain ad' dheigh thar muir ;
A cheann thu bhì seadhail,
Ged' bha thu air bheagan cruibh ;
O na 'n eugadh mo chailleach,
Bu ro mhath mo sgeul sa dhuit.
A cheann, &c.

ORAN GAOIL.

ORAN GAOIL.



'S GUR meallta an cridhe tha nan com,
 Aig na fearaibh òga ;
 'S milis an teanga tha nan ceann,
 A's meallaidh iad gach òg bhean.
 Ged' bhiodh e 'n diugh an geall ort,
 A's e air thì do phòsaidh ;
 'S ann bhiodh e maireach deanadh laimh
 Air luing, 's i dol a sheola.
 Ged' bhiodh e, &c.

Ach, oganaich a tha mi cumha,
 D'fhag thu 'n diugh fo leon mi !
 'S ann mheall thu mi, mar mheall an t-ubhal,
 A bhean bu mhotha sòlas ;
 Gus an do mhiannuich i le suil
 E 'n duil gu robh e neo-ghlan :
 'S e meas bu bhuirbe, chaidh a thoirmeasg !
 D'fhag sud searbh gu leoir e.
 Gus an do, &c.

Nach neo-nach dhuitse bhi gam' chumail, ,
 Anns a h-uile dòchas !
 Na 'n geilliunse do d' bhriathra blasda,
 Cha tigeadh dad rim' bheo orm :
 Na 'n geilleadh ? ach cha gheill mi d' chaint,
 'S gach gealla ann toirt sòlais ;
 Ach 'n uair a theid mi as an t-sealla,
 “ 'S coma leis an òinseach,”
 Na 'n geilleadh ? &c.
 Na 'm faiceadh sibh na fleasgaichean,
 Is deise theid an ordu ;
 An t-iuran 's boidhiche theid amach,
 Biodh moighidean dheas an tòir air ;
 Ach, d'fhaoite gu biodh gaoid fa chois,
 Nach taobh ri bean a còta ;
 Mòr bhuirb an eas o'n gharbh ghleann chas,
 Toirt oilbheum deas gu leoir dhith.
 Ach, d'fhaoite, &c.
 'S gur blasda, briathrach, caint nan gillean,
 Tighin o'm bilibh boidheach !

“ Threiginn mo chairdean, ’s mo chinne,
 ’S cha tillinn ri m’ bheo riu—
 A’s shiubhlain leat, ’s cha ’n iarruin spreidh,
 Na ’m bi tu fein leam deonach !”
 Tha cheilg ad’ bheul ga chur an ceill,
 ’S e sud an sgeul tha còdaicht.
 A’s shiubhlain leat, &c.

’S gur mòr a tha do’n amaideachd,
 An aoradh nan clainn òga ;
 ’S cha lugha tha da ’n amharus,
 Na ’n caithe-beatha gòrach !
 Bi ’n teanga chiuin a labhairt ruinn,
 ’S am beul o’m binn thig còra ;
 ’S an cridhe fionnar fada uainn,
 Co fuar ri gaillean reoite.
 Bi ’n teanga, &c.

’S an cualadh sibhse anns a chruinne,
 Samhlu ’n airc bh’ aig Noah !
 Paidhear do gach eun ’san ealtuin
 Inte gabhail cònuidh :

Bha 'm fitheach int', 's cha d' rinn e 'n ceartas,
Gheill e 'n chionta mhor sin !

'S am bheil sibhse an duil gu teid sud leisan,
Tha 'n eiseambuil na còrach ?

Bha 'm fitheach, &c.

'S air n-àile chunna mise uair,

'S cha b'fhuathach leat mo chodhail !

Air thì do bhuantachd, 's tric a fhuair thu,
An uaigneas, caint mo bheoil sa ;

'S tric a fhuair thu e le m' fhurán,
Tuille is bu leoir dheth ;

Mar bheil droch bhuaidh, no fortan cruaidh,
Gad' chumail uam o phòsa.

'S tric a fhuair, &c.

Bha gradh aig Iudas air a bheirteas,

A's gheill e 'n chionta mhor sin !

Cha robh thu fada uaith ad' bheachd,

'S chuir sud air seacharan dhomhs' thu.

Nach b'fhearr leat fhein mar cheile leit,

Bean tha meuchar, boidheach ?

No caile dhuaichin, 's buaile mhart,
 'S an ascaoin aic fa còta.

Nach b'fhearr, &c.

Nach gealla breugach thug thu seachad ?
 Creid nach ceart an seol e.

Mu leugh thu 'm biobul, bheir e achasan
 Do gach cionta shonraicht' ;

A's tha lagh Mhaois a giulan maslai,
 Do gach cionta còdaicht' ;

'S do choguis fein a tabhairt binn,
 'S a gealtuin pianta tòrachd.

A's tha lagh Mhaois, &c.

Beannachd leat, 's gun mhairg ad' dheigh,
 A's taobh ri tē nach boidhiche.

Mas' tu fein ad' ghealla gheill,
 'S nach mi do cheile deonach ?

Mar bhàt air chuan, 's i tarruing uainn,
 'S luchd m'fhuath a cur nan seol ria ;

'S do nadur fein, mar ghaoith reo fhuar,
 'S e tilgeadh uam a bhoichid.

Mar bhàt, &c.

LUIÑNEAG.

LUIÑNEAG.

A nighean òg a chòta dhuibh,
 Bu mhath an diugh bhi'n cuideachd leat;
 A nighean òg a chòta dhuibh,
 Bu mhath an diugh bhi la' riut.

'N AILE si mo ghaol a mhoighidean,
 Gorm shuil a mhealladh an t-soighidear;
 Cridhe soilleir a ni soillse;
 Cha 'n eil foill ad' nadur.

A nighean òg, &c.

'S gile thu no sneachd air mhona;
 'S gile thu no eal' air tuinne;
 Cichean corrach air a chruinneag,
 Bean is grinne nadur.

A nighean òg, &c.

Cas is deise theid air ùrlar.
 'N uair a bhios an fhidheal sundach;

LUINNEAG.

Cha 'n eil gille òg 's an duthaich,
Nach bi 'n duil ri Mairi.

A nighean òg, &c.

Rìgh ! gur mise tha fo mhulad,
A's mi 'm shuidhe taobh na h-uineig,
A sior choimhead air a chruinneig,
Agus curachd ard orra.

A nighean òg, &c.

Rìgh ! gur mise th' air mo ghreada,
Mo leannan an diugh aig fear eile ;
'S maìrg a bheireadh gaol am feasd,
Do thè nach seasadh ràithe.

A nighean og, &c.

Rìgh ! gur mise tha fo smalan,
A fuireach an so aig a bhaile ;
Nach faigh mi moighidean, no leannan,
Ris an dean mi mànran.

A nighean òg, &c.

ORAN GAOIL,
LE NIGHEAN OG DA LEANNAN



SEISD.

Faill ill o, agus horo eile,
Faill ill o, agus horo eile,
Faill ill o, agus horo eile,
Soraidh uam gu cuan na h-Eireann.

NAILE 's e mo ghaol an t-òigear,
A d'fhalbh diluain, an deigh didonuich ;
G'e dè cha lughaid orm do phòsa,
Ged' gheibhinn tric 's na tighin osd thu.
Faill ill o, &c.

Gheall mo mhathair fàine òir dhomh,
A's gheall m' athair buaile bho dhomh ;
Ach ged' bu leamsa an saoghal còlà,
Bu mhor a b' annsa leam an t-òigear.
Faill ill o, &c.

A mhathair chridhe ! dean gu readh ort,
 A's cum an crobh 's na laoigh o cheile ;
 Ged' a bhithinns air an deiric,
 Na cumadh uamsa mo rogha ceill.
 Faill ill o, &c.

'N àile 's e mo ghaol an t-uasal,
 Fear chuil duinn, 's an leadain dualaich ;
 Cha 'n eil àit 's an teid do luadh rium,
 Nach bi na deoir a ruith o'm ghruaidhean.
 Faill ill o, &c.

'N àile 's e mo ghaol an t-òigear,
 Fear chuil duinn, 's an leadan bhoidhich ;
 'S mi gu falbha leat air fògra,
 Ged' a bhiodh na gillean brònach.
 Faill ill o, &c.

D'fhalbh mo leannan siar a dh' Eirinn,
 No do Shasun cian na beurla ;
 Gus an till thu dhachaidh m'eudail,
 Le fear eile chaidh cha teid mi.
 Faill ill o, &c.

 CUMHA LE OGANACH DA LEANNAN.

ESAN G'A FREAGAIRT.

'N àile 's i mo ghaol an righinn,
 Broileach geal mu'n iadh an sioda ;
 Thug mi gaol duit thar na chi mi,
 A's cha mhisde thu mi ga innseadh.
 Faill ill o, &c.

Mar shuil na seobhaig do shuil ghuamaich—
 Tha do shlios mar eal air chuaintaibh ;
 Mar chanach camhair tha 'n ailleag uasal—
 'S e bhi la' riut a d'fhaga buan mi.
 Faill ill o, &c.

 CUMHA LE OGANACH DA LEANNAN.

GU do choisich mi 'n oiche,
 D'fhios na moighidin bu bhoidhiche.
 Gu do choisich, &c.
 Rinn mi corr as ochd mile,
 Anns an tìr 's gun mi eolach.
 Rinn mi corr, &c.

CUMHA LE OGANACH DA LEANNAN.

'N uair a rainig mi 'm baile,
 Cha robh iad mar bu chòir dhoibh.
 'N uair, &c.

Cha robh aire air luchd gaoil ann—
 'S ni robh miadh air luchd pòit ann.
 Cha robh, &c.

Gu robh mnai ann ri fuaigheal,
 'S gu robh gruagaichean brônach.
 Gu robh, &c.

'S ann fhuair mi chraobh shiochaint,
 'S i na sìneadh 's an t-seomar—
 'S ann a fhuair, &c.

I na sìneadh air deile,
 A's a leine, 's i reoite.
 I na sìneadh, &c.

'S i na sìneadh fo 'n uineag,
 Far nach cluinn i guth chòra.
 'S i na sìneadh, &c.

Dhomhsa b' aithne do bheusan,
 A thi gun leumraich, gun mhorchuis.
 Dhomhsa b' aithne, &c.

Ghlac thu ciall agus gliocas,
Moran tuigs' agus eolas.
Ghlac thu, &c.

'S ann ort d'fhàs an cul sniomhain,
Mar dhìtheanan eorna.
'S ann ort, &c.

'N uair a bhi tu ga chìreadh,
'S fhada chìte fiamh oir dheth.
'N uair a bhi, &c.

Fhir a chruthaich an saoghal,
Cum mi saor o fhàs gòrach.
Fhir, &c.

Cum mo chiall rium, 's mo ghliocas,
Gus an tig thu ga 'm fheoruich.

 GAOIR NAM BAN MUILEACH.

GAOIR NAM BAN MUILEACH,

LE MAIRERAD NI LACHUIN.



S GOIRT leam gaoir nam ban muileach,
 Iad a caoineadh 's a tuireadh,
 Mu na d'fhalbh 's mu na d'fhuirich ;
 Gun Sir Ian an Lunn'ain,
 E 'san Fhraing air cheann turais ;
 'S trom an caltach thu d'fhuireach !
 Gur h-e aobhar ar dunaidh,
 Gun e leinn, ar ceann-uighe,
 'S òg a choisinn thu 'n t-urram 's na blaraibh.
 'S òg a choisinn, &c.

A Rìgh nam prionsa g' an d'rinneadh,
 Togail suas ann am barrachd !
 'S daor a rinn sinn a cheannach,
 O'n la thoisich a charroid ;
 Fògrar aon Mhac-'ic-Ailein,
 As a chòraiche fearain,

Agus dùchas a thigh e ;
 Gur h-e 'n eucoir a chaithe—
 Gur h-e turas horo 'n earaich so leon mi.
 Gur h-e turas, &c.

Mhoire ! 's mise th' air mo sgaradh,
 O Fheill-brìde so chaidh,
 O Fheill-micheil, so shamhain,
 Chaidh a sios sliochd ar tighe.
 Thainig dile tha a-'bhuailt !
 'S mise an truaghan bochd mhnatha,
 A tha faondrach gun fharaid,
 Thaobh namhaid, no caraid ;
 Gun cheann cinne thaobh athar, no mathar.
 Gun cheann cinne, &c.

Cha 'n e Ailean, no Eachun,
 Leis an eireadh fir Shasun,
 So tha mise ag acuin ;
 Ach Iafla nam bratach,
 Nan glac sròil, a's nam mantal--
 Nam pios òir, 's nan corn dàite ;

Dheanadh stòras a sgapa,
 B' iad cinn-fheonai nan gaisgeach,
 Sir Ian, a's ceannard Chlan-Ranail.
 Sir Ian, &c.

'S cairdeach Lachun nan ruag dhuit ;
 Cha neart dhaoine thug uainn thù ;
 Na 'm b'e, dheireadh mu d' ghuaille,
 Luch chlogaide cruadhach,
 Rachadh dàn anns an tuasaid ;
 Fir chrodha o thuath dhuinn,
 Le airm ghasda, gun rua'-mheirg.
 'S bochd an acaid so bhuail mi,
 O'n la chruinnich do shluagh ann an Aros.
 O'n la, &c.

A mhic rìgh nan long siubhlach,
 G'e bu chairdeach do'n chrùn thu.
 Co an neach d' am bi suilean,
 Nach gabh da 'n ionsuidh,
 Mar bha choill air a rusga,
 'S an robh gach seud cubhrai ?
 Thuit a blà, a's a h-ùr fhàs ;

Fhrois a h-abhul, 's a h-ubhlan ;
 Cha robh leighe a chùiradh am bās uait.
 Cha robh, &c.

Fhir tha 'n cathair an Fhreasdail,
 Cha 'n eil aon ni mar cheist ort ;
 Dean a nochd gu riochdail,
 Mas' a mac do 'n rìgh esan,
 A rugadh gu teisteil ;
 Gun chron, truaille, no cionta,
 Ged' a d fhuilig e greis deth,
 A's iad ga shior chur an teaga,
 Aig luchd fuath agus mosguin ga aicheadh.
 Aig luchd, &c.

'S e chuir m'astar am maillid,
 Agus m' amhare an daillid,
 A bhi faicinn do chlainne,
 A's iad na 'n ceatharnaich choille ;
 A's cean curam da 'n aoilean ;
 Iad g' am fògairt gun choire,
 Mar chaora fhuadain gun aodhair ;

Mar sgaoth ianaibh roi fhaodhaid ;
 Nach eil fhios co an doire 's an tamh iad.
 Nach eil fhios, &c.

An deagh bhean mhaiseach so chi mi,
 Nighean a bharain, Catrine,
 Ge nach eil thu 'n fhuil rioghail,
 'S glan an stoc as an do chinn thu.
 'S trom an luchd so th' air m' intinn,
 Tha leann dubh air a lionadh,
 Deoir a srutha gu lionar,
 Mar na tuiltean, gun dibreadh,
 'S goirt, 's gur cruaidh leam an sgriob th' air
 do chairdean.

'S goirt, &c.

'S mairg a d'fheumas am fulang,
 Gach enail san duine !
 Ach, 's mihich dhomhsa nis sgar dhibh,
 'S gun toiseacha tuille.
 'S e mo chora sa tuire !
 'S ann mu 'n taice so n-uraidh,
 A bha sinn àbhachd am muile ;

GAOIR NAM BAN MUILEACH.

Ach bhris an claidhe na dhuilleach,
 'N uair a shaoil sinn gu 'n cumadh iad slan e.
 'N uair a shaoil, &c.

'S goirt leam gaoir nam ban muileach,
 Iad a caoineadh 's a tuireadh,
 Mu na d'fhalbh, 's mu na d'fhuirich ;
 Mu Shìr Ian an Lunn'ain,
 E 'san Fhraing air cheann turais ;
 'S trom an caltach thu d'fhuireach !
 Gur h-e aobhar mo dhunaidh,
 Gun e leinn, ar ceann uighe,
 'S òg a choisinn thu 'n t-urram 's na blaraibh.
 'S òg a choisinn, &c.

Mairerad ni Lachuin, or Margaret Maclean, was Poetess of that Clan. Most of her productions are lost ; but so many remain, as afford a fair specimen of her genius and acquirements, and as rank her high among our Highland bards.--ED.

 DO CHLAINN-'ILLEAIN.

DO CHLAINN-'ILLEAIN,
 AIR DO NA CAIMBEULAICH BUaidh FHAOTAIN ORRA,
 LEIS AN AON CHEUDNA.

Cha choma leam fhein, no co dhiu sin,
 Aon mhac Sir Lachun nan luireach ;
 Cuilean leomhan nan long siubhlach,
 Bhi cur lasair ri aitreach Dhuibhneach.
 Cha choma leam fhein, &c.

ACH Fhir ris an deanam m' urnaigh,
 'S mi mar Oisean, an deis an rusgaidh,
 Tiondaidh an roth, a's cuir far cùl i,
 'S cuir an tìr so air ordu dhuinne.
 Cha choma, &c.

'N uair thainig sibh siar an toiseach,
 Bha sibh buadhail anns gach coga,
 Lanna cruaidh a bhualte goirt iad ;
 Chuirte feum air leighe g' ar lota.
 Cha choma, &c.

DO CHLAINN-'ILLEAIN.

An am dol sìos do 'n dream Dhuibhneach,
 Dol suas le buaidh bu dual dhuinne ;
 'S fada chluinte gàbh ar muintir,
 Togal *faoibh air taobh gach tulachain.
 Cha choma, &c.

Ach, co e 'n neach a tha gun mhùtha,
 Mar na nialaibh air an aonach !
 Cinne ladair nan lanna ruisgte,
 Bhi mar tha iad roimh na Duibhnich.
 Cha choma, &c.

Gu bheil m'intinnse fo smalan,
 A's mo shuilean gu bi galach,
 Gus am faic mi ris an lathia,
 'S am bi dol suas air siol mo thighe.
 Cha choma, &c.

* Faoibh—spoils of the foe.

ORAN GAOIL.

ORAN GAOIL.

AN raoir bhruadair mi 'm chadal,
 B'fhearr gu 'm faicinn am dusga,
 Thu bhi edar mo ghlacaibh,
 Ann an caidre gle dhlu rium ;
 'N uair a dhuisg mi 'sa mhaduin,
 'S nach d'fhuaras thu agam,
 Shil deoir air mo rosga,
 'S shil frasan gle dhlu dhoibh.
 Shil frasan gle dhlu dhoibh,
 A gheug ùr a d'fhas àluin !
 Gur guirme do shuilean
 No 'n driuc air bharr fasaich.
 Tha maise ann ad' ghiulan,
 A d'fhag mo chridhsé brùite,
 Gus an d' rinn e mo chiùra ;
 Lot a's dhruigh e air m'airnean !
 Lot a's dhruigh e air m'airnean !
 Nach slanuich aon leigh mi.
 Ged' a chluinn mi guth manrain,

Cha dean mi gàir eibhinn :
O'n is duine gun stà mi,
Air a mhilleadh le d' ghradh sa,
B' e do thigheachd 'sa la' rium
A bheireadh slainte do m' chreuchdan.
'S e bheireadh slàinte do m' chreuchdan,
Pòg no dhà o d' bheul cubhrai ;
Tha maise na h-eiteig
An clar h-eudan ga ghiulan ;
Cha'n iarruinn do spreidh leat,
Fo chruinne na greine,
Ach t-fhaotain fo d' leine,
Le coir cleir agus dùcha.
Le coir cleir agus ducha,
'S mi nach diulta, gun iarruidh ;
Tha maise air do ghiulan,
A d'fhag mi brùit ann an iarguin !
H-uile latha cho ùr dhomh,
'S nach urra mi chuntas ;
'Gus an cuir iad 'san ùir mi,
Biodh mo dhuil 'san tè chiaduin.

Tha maise na fin ort,
 Tha thu beanagach beul dearg;
 Tha da chneas mar an lili;
 Ge de cha chum sud fo 'n eug thu!
 Ge de, ma rinn thu mo mhilleadh,
 Le tàcharan tinnis;
 Ocli nan och! mar tha mise,
 'S mi sireadh beachd sgeul ort.
 'N uair bha mise ann an Flamhras,
 'S mi thall ann am shaighdear,
 'S iomai moighidean òg, mhalda,
 Le 'm fàineachan soillseach,
 Thigeadh dh'ionsuidh mo sheomair,
 Ag furan nam pòg orm;
 Ach, 's mor a b'annsa nighean Donuill,
 Ge bu bheo i ach oiche.

Air fail i rinn, ill i rinn, och i rinn,
 Ho ro laoigh;
 'S cruaidh fhortan gun fhios,
 A chuir mise fo chumha do ghaoil.

AN SEOLADAIR.

AN SEOLADAIR.

—◆—

Faill ill eile horo,
 Ho ro, hi ri ill horo,
 Faill ill eile horo,
 Ochoin ! 's fhada o'n d'fhalbh sinn.

AN oiche sin a bha sinn,
 'S a challa, 'n ceann Loch-àluin ;
 Bha 'n oiche againn a b'aille,
 'S i blà, gun dad soirbheas.

Faill ill eile, &c.

'N uair thog sinn ria h-aodach,
 Am barraibh nan crann caola,
 Cha robh ann do ghaoith,
 Na bheireadh taobh air falbh i.

Faill ill eile, &c.

'S an oiche sin a ghluais sinn,
 'S a rinn a ghealach bualadh,

Bha cuid dhith dubh a's uaine,
A's gruaim orra gu soirbheas.

Fail ill eile, &c.

Dol seachad an Rutha Sleibhteach,
Bha ghaoth mhòr ag eiridh ;
Sin thog sinn ria h-aodach,
Na laoi ch nach robh cearbach.

Fail ill eile, &c.

Dol seach a ghaineamhain bhoidheach,
'S ann thug sinn troigh do'n sgòid dhith ;
'S a Rìgh ! bu fhliuch mo chòta,
'N nuair thug i sròin 'san fhairge.

Fail ill eile, &c.

'S ann ruith i stigh an traighe,
Co ard 'sa thug an làn i ;
'N uair ghabh sinn aice sàbhailt,
Gu'n tug sinn lamh air gealabhan.

Fail ill eile, &c.

ORAN GAOIL.

ORAN GAOIL.

SEISD.

A nighean donn bhoidheach,
 Nan gorm shul meallach,
 'S truagh nach robh sinn còla!
 Ged' bhiodh mìd falamh.
 A nighean donn bhoidheach,
 Nan gorm shul meallach.

BHÌ t-fhaicinn ann am bruadar,
 D'fhag mo chadal luaineach;
 A nis ma bheir iad uam thu,
 'S truagh nach robh mi 's talamh.

A nighean donn, &c.

Ma bheir thu do chul rium,
 Cha toir mi droch chliu ort;
 Mo bheannachd ad' ionsuidh,
 Tha mo dhùrachd math dhuit.

A nighean donn, &c.
 P 2

'S mise bheir a chliu ort,
 Mur dean thu grad mhùtha ;
 D'fheuda bean do ghiulain,
 Nadur diuc a mhealla.

A nighean donn, &c.

Tha do chliu 's do bheusan,
 A coimhead ri cheile ;
 'S binne leam n' an teud,
 An t-seisd a thig od' anail.

A nighean donn, &c.

'S binne leam do chòra,
 No chuag 's an smeorach,
 A's iad a seinn mar chola,
 'S a cheo-mhaduin earraich.

A nighean donn, &c.

Tha do nadur sonraicht,
 Iriseal, neo-sporsail,
 Gun fhaoineachd, no gun ghòraich,
 Beusach, boidheach, banail.

A nighean donn, &c.

MAIRI LURACH.

'S tu banarach na buaile,
 Meur grinn air an fhuaigheal ;
 Cha mhios air a bhuaibh thu,
 Chur nan sguab nam bannaibh.
 A nighean donn, &c.

MAIRI LURACH.

SEISD.

O mo Mhairi lurach,
 'S tu mo Mhairi ghrinn ;
 O mo Mhairi lurach,
 'S tu mo Mhairi ghrinn.
 O mo Mhairi lurach,
 'S tu mo Mhairi ghrinn ;
 'S ann tha Mairi bhoidheach,
 Chònuidh anns na glinn.

'N UAIR a thig an samhra,
 'S a bhios a choill fo bhlà,

MAIRI LURACH.

Biodh eoin bheag a seinn ann,
 A dh' oich a's a là ;
 Gabhair agus caoraich,
 A's crobh laoigh le 'n àl ;
 'S Mairi bhàn g' an saodach,
 Mach ri aodun charn.

O mo Mhairi, &c.

'N uair a thig an samhra,
 B' annsa bhi 's na glinn ;
 Ged' robh an t-aran gann oirn,
Thig an lan tri fill :
 Gheibh sinn gruth a's uachdar,
 A's buantachd a chruibh laoidh ;
 A's lonnaid a chinn chuachaich,
 Chur mu'n cuairt a mhig.

O mo Mhairi, &c.

Bheir ar 'n uaibhreas barr,
 Air ailleas dhaoine mòr ;
 'N uair is leaba thamh dhuinn,
 Duilleach a's blà an fheoir ;

Biodh an t-aran gann oirn

 MAIRI LURACH.

Pluranaibh an fhasaich,
 Chuireas fàil 'n ar sròin ;
 Sruthan glan nan ardaibh,
 Chuireas slaint 's gach pòr.
 O mo Mhairi, &c.

Cha 'n eil inneil chiuil,
 A thùradh riamh fo' n ghrein,
 Dh' airiseadh air chòir,
 An ceol a th' againn fein ;
 Uiseag air gach lònán,
 Smeorach air bharr gheug,
 A's cuag ghorm an tùchain,
 'S gug-gùg aice fein.
 O mo Mhairi, &c.

Thuirte Peigi ri Seonaid,
 “ 'S neo-nach leam do ghnàs,
 Thu bhi 'g iarraidh seomair,
 An gleann smeoir gu brath ;
 Biodh mise dol do'n bhuaile,
 A's m-fholt mu 'm chluas a fàs,

MAIRI LURACH.

'S biodh na fir a faoineachd,
Moighidean a chuil bhàin."

O mo Mhairi, &c.

'N uair a theid mi 'n rathad,
'S math leam thu bhi ann ;
Do ghruaidh mar an caoran,
Bhios aig taobh nan alt.
Tha thu bainail, beusach,
Cha leir dhomh do mheang.
Gu b' annsè bhi gad phòga,
No pòit air fion na Fraing.

O mo Mhairi, &c.

Ach, 's iomad gnothuch cruaidh,
A th' air an tuathanach fhein ;
'N uair thig an Fheill-Martinn,
Biodh a làn na dheigh.
Fighidear, a's taillear,
'G iarruidh màil dhoibh fein ;
Saor, a's gotha, 's ceard,
A togail càin aris.

O mo Mhairi, &c.

AN T-AILLEAGAN.

Na 'm biodh Seonaid ladair,
 Chur a lamh 'san ìm—
 Peigi ris an àl,
 A's Mairi mu 'n chrobh laoigh ;
 Bhithinnse gu statoil,
 Dol gu h-àiridh leibh,
 'S cha bhiodh mìd fo smàd,
 Na tè nach talaidh ruinn.

O mo Mhairi, &c.

This beautiful Pastoral is partly dramatic. The admirer of Mary, and each member of the family, speak in their turn.

AN T-AILLEAGAN.

SEISD.

Sora dh slàn do 'n ailleagan,
 A d'fhalbh air thùs an ràithe uainn ;
 Mo dhùrachd thu thighin sabhailt,
 Gu fàilteacha do dhùcha.

THA iondrain as an àite ort,
 Gur fada uainn c'n d'fhag thu sinn ;

AN T-AILLEAGAN.

'S e olla ruadh nam blà shuilean,
Is aille a tha 's dùthaich.

Soraidh slan, &c.

Tha aghaidh shìmhald mhoighidin ort;
Tha deanadh cruaidh an t-soighideir ort
Le cridhe geal is faoineala,
Gun char, gun fhoill, gun lùba.

Soraidh slan, &c.

Gur math thig deise 'n sgairloid ort,
Gu h-ùr o laimh an tailleire;
Mar ròs ann an garadh thu,
Bhios fàs ann àm an dùlaich.

Soraidh slan, &c.

Cha'n eil gaoid no galar ann,
Tinneas cleibh, no anacair,
Nach seideadh tu le d' cheanalas.
'N uair mhothuichin t-anail chubhrai.

Soraidh slan, &c.

Gur curai ann san t-abaid thu,
Gur math thig airm an ceangal ort,

An claidhe air chrìos tarsuin ort,
'S an gunna glaic nach diulta.

Soraidh slan, &c.

Gur meanglan do'n fhuil rioghail thu,
Bu dosrach an àm cintinn e,
Ged' tha e nis air crìonadh;—
Cha'n eil ni air nach tig mùtha!

Soraidh slan, &c.

Do chalpana deas dìreach,
Air dealbh a bhradain fhior uisge;
Troigh chuimir am bròig dhìonaich,
'S e 'n sìoda bhios g'a dhùna.

Soraidh slan, &c.

Gu 'm b'fhèarr leam f'hein gu'm pòsa tu,
'S do rogha ceile còla riut;
A's oighre agad air mor f'hearun,
'S ann domhsa nach biodh curam.

Soraidh slan, &c.

DUANAG.

DUANAG.

AN raoir am chadal, ann an aisling,
 Chunnas slat a dh'og mhnaoi,
 An raoir, &c.

'S i nighean ùr is aille dealbh,
 'S a gruaidh cho dearg 'san ròsa.
 'S i nighean, &c.

Mar chan an t-sleibh, mar shneachd air gheug,
 Do bhraighe gle gheal boidheach.
 Mar chan, &c.

A's tha do dhà chich gu corach liontach,
 'S gile 'm fiamh na 'n noinean.
 A's tha, &c.

Bili 's milse, gnuis is sìmhald,
 Leam bu mhiann bhi d' phòga.
 Bili 's milse, &c.

Do chneas mar phlùr, deud snaite dlù.
 Beul meuchair, ciuin, nan oran.
 Do chneas, &c.

Dà rosg gheala fui d' chaol mhala,
A's t-aghaidh bhanail, bhoidheach,
Dà rosg, &c.

'S a reir mo bharrail, tha na barain,
Gach aon latha 'n tòir ort.
'S a reir, &c.

Ged' a bhithinn ann am mhoighidir,
A's oighreachd le deagh chòir agam ;
Ged a bhithinn, &c.

Thaghain fhein am baran bàn,
A thig o bhraighe Lòchai.
Thaghain fhein, &c.

Fleasgach duineil, theid ri mulach,
G' am bi gunna, 's mor chu.
Fleasgach duineil, &c.

D'fhaga lot air mac na h-eilde,
A reubadh a's a leon e.
D'fhaga lot, &c.

Sealgair thu 'sa mhaduin mhuich,
Air coileach dubh a chrònain.
Sealgair thu, &c.

RANN DO 'N UISGE BHEATHA.

'S tric a d'fhag thu e gun lugha,
Mu'n eireadh driuc air ceo-bheinn.

'S tric, &c.

Th' air leam fhein gur geal an ceile thu,
Co b'e tè gheibh còir ort.

Th' air leam, &c.

Tha cùl do chinn air dhath an lìn,
'S do ghruaidh gu mìn, dearg, boidheach.
Tha cùl, &c.

'S ro mhòr dhomh fein a chur an ceill,
Deagh bheusan Sheumais òig sin.

RANN DO 'N UISGE BHEATHA.

CHA 'N uisgé beatha, ach uisge bàis,
An t-uisge chraidh mo chridh am chom;
An t-uisge d'fhag mo cheann sa lia---
An t-uisge d'fhag na ciadan lom.

TUIRE DO CHEANNARD CHLAINN-'ILLEAIN.

TUIRE DO CHEANNARD CHLAINN-'ILLEAIN,
LE MAIGHISTIR SEOTHAIN MAC FHIR THREISINNIS.

—◆—
CO-SHEIRM.

Faill ill o, gu bheil sinn fo mhulad,
Tha ar crì mar luaithe air thruimid!
'S e fà ar caltach, 's ar campair uile,
Gu'n stad thu thall air cheann nam Muileach.

CRAOBH ar sinnsir, cha chrìon o thainig,
Bha fios an sgeul ud aig deagh luchd seanachais,
Gu b'fholachd rìgh sibh, o chrìoch na Spainte,
So shliochd Gatheluis fhuair geill 'san Eiphid.

Faill ill o, &c.

Ach, tighin na dheigh sin, an iar a dh' Albain,
Bu mhor ur foirneart, le dòide garbha!
Gus an tug Mac Donuill dhuibh còir air daoine,
Air rioghachd na Dreollain, a's ghabh sibh sealbh

Faill ill o, &c. [air.

 TUIRE DO CHEANNARD CHLAINN-'ILLEAIN.

Lean ruibh ur dùcha bhi cruaidh le 'r 'n arma,
 'S e ruith ga 'n gnàs a chuir beul sios oirbh !
 Thuit Eachun Ruadh ann an Inbher-Chibi,
 'S a sheac ceud sluagh, da threun-fhear dileas.

Failllill o, &c.

Ge bu chràiteach le càch mo sgeulsa,
 Cha 'n e 'n trà so is aobhar bròin domh ;
 Ach an ti th' air fhagail, 's a tha air fògra,
 As le rìgh Sheumais, 's a threig an Dreollain.

Failllill o, &c.

Rug oirn fras gàbhai le gailbheinn shìde,
 Le meud ar caltach, cha b' arbhar sil e ;
 Ach, cruinneachd pòir thu, gun fhòtas giomha,
 Is cuilm air sò thu, is ceol air fion thu.

Failllill o, &c.

Reir tuigse mhatharail, le 'n gna bhi fìor lag,
 Cha dù do ghall ard bheann a dhìreadh ;
 Ach, mas i so ceann deire dìbhail,
 Na sgath dhiot fein sinn, mar chraobh a crìonach.

Failllill o, &c.

TUIRE DO CHEANNARD CHLAINN-'ILLEAIN.

Nach truagh a tha ar cuis ri innseadh !
Mar arcuin bhàite, 's an traigh ga shior ruith ;
Gun neach thoirt bàigh dha, an ard, no 'n iosal ;
Ach buille bàrach, o laimh gach aon fhir.

Failllill o, &c.

Gur truagh ar sreudne fo sheid nam mìltean,
Gun neach fui 'n ghrein, mar fhear sgei g' ar
Mar ealta sleibhte air an teum le liona, [didinn ;
Cha d'fhuirich tè dhiu, air cheud, gun spiona.

Failllill o, &c.

 MAOLACHA, A'S CAILEAN CHRUACHAIN.

 MAOLACHA, A'S CAILEAN CHRUACHAIN,
 LE AILEAN BUIDHE NAN ORAN.
 

MAOLACHA, a's Cailean Chruachain,
 D'fhalbh iad còla ;
 'S tric mi faraid, ciod is gluasad
 Do 'n dā oigear ?
 Cha d'fhag iad an leithid mu'n cuairt,
 Do ghillean òga ;
 Ach an amaideachd gu gruagaichean.
 A phòga.

Allan MacDougall, *Bard of the yellow hair*, was a native of Argyleshire, and lived in the romantic valley of Glendovan, on the west side of Lochawe, as farmer and grazier. He was a bachelor. This and the two following pieces are given here, not as the best of his productions, but as most characteristic of the Bard. He excelled all his contemporaries of that country in wit and humour. Though not equal to MacDonald, or MacIntyre, in descriptive poetry, which he also tried, he was a better satirist. The first of these celebrated Poets pays him a high compliment in his *Mi-mhola Moraig*, where he makes the heroine of the piece threaten himself with Allan bard's satire.

MAOLACHA, A'S CAILEAN CHRUACHAIN.

An treas fear cha 'n fhag mi 'n dìchuimhn,
Maighistir Cailean,
Chaidh e mach air Lochfine,
A's shluig muc-mhar e ;
Liubhair i air traighe Lit e,
Gu bi na mharaich ;
A's roghnuich e claidhe chinn-Ilich,
Air a chlàidhe.

So beannachd o Sheumais Rudail,
Le rùn slàinte ;
Le aoibhneas thu thighin a rithis-
A dh' Araghail.
Thu sheas air tais, le teistean ceart,
O neart do namhaid ;
Breab air gealtachd, air eagal maslai.
Thoirt do 'n àite.

An sin, 'n-uair d'fhalbh Maighistear Cailean,
Le aon fhuathas ;
Thug e freiteach ris an eaglais,
Ghabh e fuath orr'.

MAOLACHA, A'S CAILEAN CHRUACHAIN.

Bu truagh sgreadail luchd a theagaisg
Mu na bruachaibh !
A glaodhaich airson, 's e g' am freagairt
A's na cuantaibh.

Cha do thuig seana Araghaeil,
Aobhar fhuadaich ;
Sgeula thainig da ionsuidh,
A bha cruaidh leis !

Gu do reuba leis na Frangaich
Cailean Chruachain,
'S nach robh choltas air a cholluinn
A thighin uaithe.

'N uair a dh' eirich iad le h-aidhear,
An triuir Dhuibhneach ;
'S a chaidh Cailean fial a leigheas,
O'n chnuinn phuinsean ;
Mas' a fìor do fhear mo naidheachd,
Do bhrìgh mo chuimhne,
Gu bheil iad a damhsa f'hathasd.
An teas ruithle.

MAOLACHA, A'S CAILEAN CHRUACHAIN.

Beannachd Sheumais an Druime-dharaich,

A nunn g' an ionsuidh ;

A's iad a chuimhneach a mhorf halachd,

Do Rìgh na Frainge ;

'N uair a chuir e Tearlach thairis,

Air bheag campa,

Air daoine fein bha iad a gearra

Measg an naimhde.

A mheud 'sa d'fhalbh uaine thairis,

Leis a Phrionsa,

Iochd a's tròcair ù' an anam,

Thugaibh dhoibhsan ;

Geallaibh dhoibh fein am fearan

Gu ro-thaingeil ;

Còir o laimh an Rìgh, 's Mhic Cailein,

Do gach aon fhear.

Mu bhios fear 'sam bith a faraid,

Mu fhear m' ainmsa,

'S mise Seumas an Druime-dharaich,

Thuirt an seanachas ;

LEIS AN AON CHEUDNA.

A shliochd dìreach Ghlinne-garaidh,
 O thùs m' aimsir ;
 'S nar a slàn do fhear na fanoid,
 Thuirt rium Camabheul.

The Poet always made use of living characters, and frequently represented his neighbours in a ludicrous light ; when unwilling to acknowledge any such piece as his own production, he was accustomed to father it upon the gentleman alluded to—a Mr. Campbell, Drimdarroch. The allusion to the Glengarry family is a satire, upon some obscure report respecting the legitimacy of Drimdarroch.

LEIS AN AON CHEUDNA,

*Air do'n Urramach Uilleam Caimbeul fharaid deth, An deanadh e
 Oran gun fhocal firinn ann ?*

OICHE dhomh bhi ann am leabai,
 Samhach, socair, mu'n do ghluais mi,
 Thain an guth am ions' an cabhàig,
 “ Mas a cadal duit, cuir uait e.”
 Thuirt mi fhein, Ciod e th' air t-aire ?
 An spiorad, an tannasg, am fuath thu ?
 “ 'S ann thainig mi o fheara treuna ;
 Tha 'n Rìgh 's an Fheinn aig Loch-luasgain :
 Chuir iad mise a ghabhail sgeula,
 D'fheuch an do theirig feidh nan cruachan.”

Ghrad dh'eirich mise ann an cabhaig,
 A's raincas bealach Chnoc-nan-Arma :
 Chunnas fear mòr na lan uigheam,
 A's e na shuidh air Meall-dùn-eanarain.
 Co bha sud ach Fionn Mac Cumhail,
 Le chleaca lughai, 's bu gharg e ;
 Mac an Luinn, an claidhe ruithinn,
 A's e na chuibheal na dhorn meamnach.
 Rainig mi 'n Fhemn air an tulaich,
 'S bu làn churai am fear bu shuaraich ;
 Striochd mi sìos le modh, 's le h-aoilean,
 A's spion mi bhonaid anuas dhiom.
 'Sin thuirt Fionn, a's e 'g eiridh,
 " Na mill m'aithne gheur 'san uair so ;
 Innis dhuinne pairt do d' sgeula,
 Mas' tu fear dheana nan duanag."

A bhliana dh'eirich am feàchda,
 'S cuimhne leam gu beachd an uair sin,
 Na Frangaich bhi togail *batrai*,
 Seisdeadh Caisdeil na h-igheana ruaidh.
 Chunnas muc-mhara an Loch-adhaich,
 'S an dreathun le claidhe ga ruagadh :

LEIS AN AON CHEUDNA.

Chunnas frìdeag gleac ri fámhair,
 Ruith le deanal dhol ga bhuala :
 Chunnas ubh an nead an dreathuin,
 'S cha bhriseadh spreatha do thuath e :
 Chunnas dà fhear dheug air lòn dalach,
 Tairgse cath ris, 's bha sud cruaidh orr !.

Bha mi 'n dè air Tom-an-dùnai,
 An dùn is airde th'an Cille-mhunna,
 Chunna mi garnalair neo-nach,
 A cur pòir aig Maighistir Uilleam.
 Chuir e salan 'san dail mhòr sin,
 Saoilidh sibh gur bòsd mo sheanachas,
 Chinn i mar pheasair, no ponair,
 'S bha feorlan air a h-uile meanagan.
 Sinn thuirt an Fheinn, a's iad ag eiridh,
 Ma chaidh a chleir a chur an t-salain,
 'S cinteach sinn nach d'fhan feidh ann ;
 Theid sinn a dh'Éirinn a nunn thairis.

The Rev. Wm. Campbell, Minister of Dalavich, often blamed the Bard for the poetical license he took, but finding it to no purpose, put the question mentioned above. When reciting the piece he repeated the line which expresses the great return of the salt, "Ah ! Allan, why tell such a great lie," says Mr. William.

LEIS AN AON CHEUDNA.

LEIS AN AON CHEUDNA,

TURAS chaidh mi suas do 'n ghleann,
 'S an tombaca bhi gann oirn shuas,
 Rainig mi 'n tigh 's an robh an leann,
 A's ghlaodh mi air dram gu luath.
 'Se sin thuirt Deorsa Chuil-Phail,
 " Thain an tràigh, 's cha bi 'n uair—
 Cha 'n eil againn do 'n stugh bhlà,
 Na chuireas diot greann an fhuachd ;
 Ach tha dubh-nan-srad air dàir,
 An aon bhò 's fhearr a tha mu'n cuairt ;
 'S cha fhada dhuit feitheadh ra h-àl,
 Mas' a bard thu ghabhas duan."
 Bha ann Tearlach a Bealach-nan-sachd,
 Duine eile air nach faicte gruaim—
 Duine deas, dìreach, gun mheang,
 Mur tigeadh air cam a bruaich.
 Shuidh sinn, an sin, nar triuir,
 Air inneil chiuil bu bhinne fuaim ;

STROINEASGAIR.

'S mu 'n do theirig dhuinn ar dàn,
 Leig i air a glùn an ruadh.
 Bhuail orra tinneas an laoigh,
 Gnusgaich agus geumnaich chruaidh ;
 'S an aon sine bha as a tàr,
 Bha seachd cairt na dhol mu'n cuairt.
 Dh' eirich bean a chridhe mhòir,
 Rug i air searag agus cuach,
 Ghlac i 'n t-sine ud na laimh,
 A's fhuair sinn deoch ri òl mu'n cuairt.
 Bha ainm faoilteachd mhor do 'n Fheinn,
 'S do Dhonnacha na feile bha 's taobh-tuath ;
 Ach an coimeas do Dheorsa Chuil-Phail,
 Cha 'n eil neach do 'n als' ra luadh.

STROINEASGAIR,

LE DONNACHA MAC AN T-SAOIR.

'S MOR mo chuid smuairean,
 O'n ghluais mi diardaoin,
 Gu gleann nan lùb uaine,
 An robh uaislean mo ghaoil !

STROINEASGAIR.

Far am bu lionar crobh guailleann,
 A nuallan ri 'n laoigh ;
 'S ann far am buaile nach gluaiseadh
 A chaoile.

Far am bu lionar, &c.

Chunna mise uair
 Stroin nan cluaineagan caoin,
 'S bu lionar na sguaban,
 G' am buain air gach raon ;
 Ach, o'n chinn i fo luachair,
 Chaidh gruaim air a h-aoibh !
 An àite bhualan a's chluaran,
 Tha fraoch orra.

Ach, o'n chinn, &c.

A bhan leacain bhruachaich,
 Air an buaint an subh craobh,
 Bu lionar do bhuidhean,
 'S cha b'fhuar leam do ghaoth ;
 Ach a mheud 's a tha 'n uachdar
 Do d' bhuidh, gur clach aoil.

'S ann o d' luathre bhiodh duais
 Aig luchd saothaireach.

Ach a mheud, &c.

A Dhaile-gheata ordail,

Cha b' otras do bharr ;

Ach eornachail, clòbharrach,

Mòg-cheannach blà :

Muim altrom gach pòr thu

Thig beo anns a mhàrt ;

Cha luidh fuarachd an fhuachd

Ort 'san fhaoilteach.

Muim altrom, &c.

Bu sheamragach, neoineanach,

Feoirneanach dlù ;

'S gu b'fhasgach do shròineagan,

Còsagach, ùr.

Do mheud fheur na mòraichean,

Romach air uidh ;

'S ann ga bhuaibh a bhi smuais

Aig na faobhair.

Do mheud fheur, &c.

STROINEASGAIR.

Bu bhileagach, tuairneagach,

Cuaicheanach, grinn,

Ceir bheachanach, chuachagach,

Cluasagach lìm ;

Bu bhiolaireach t-fhuarain,

Gu fuar steallach, binn ;

Crònán suaineach a gluasad

'S gach caochann.

Bu bhiolaireach, &c.

Cha bu sheasgach, 's cha 'fhuar leam,

Do chluaineagan readh ;

Ach seasgair neo-bhuailteach,

Fo fhuarachd nan speur ;

'S do phreasnaich mar bhuathail,

Gu suain aig an spreidh ;

A's gorm bhrat uain air gach guallain

A's raon dhiot.

'S do phreasnaich, &c.

'S do lingiche cuairteagach;

Bruach bhileach readh ;

Do chaislinean uaigneach,
 Gu buaireadh an eisg ;
 'S na bric nan clath luaineach,
 Gam' bualadh fo 'n leus ;
 A's t-uisg fuarain, nach cruaicheadh
 Le gaoith-reo.
 'S na bric, &c.

A Shròin nam bad cubhrai,
 Nan ubhlan, 's nan peur,
 Luidh bròn air do luchairt,
 'S do phlurain dol eug ;
 Do ròsan air lùba,
 Gun driùc, gun teas grein ;
 Maise shuaicheantas nuadh
 Air a caochla.
 Do ròsan, &c.

A Chnocain an fhuarain,
 'S dubh uaigni do ghnuis !
 'S chunna mise uair,
 Nach robh dual air do chùl ;

STROINEASGAIR.

Ach spaidisireachd uaislean,
 Cho cruaidh ris na buird ;
 'S bu ghlan snuadh na bha giùasad
 Air h-aodun.

Ach spaidisireachd, &c.

Thuirt an Cnocan, gu uaigneach,
 Am chluas, na ghuth ciuin,
 Co iad tha thu luadh,
 O'n tha gruaim ort mu'n chuis ?
 Bha Clann Ibhìr rium fuait,
 Chaidh an dualchas air cùl ;
 'S iomadh sluagh thug dhomh cuairt,
 Tha mi aosar !

Bha Clann Ibhìr, &c.

Ge b' uasal an dream sin,
 A bh' ann do Shìol Dhuibhn,
 'S e teaghlach a Mhaim,
 Tha mi 'g iondrain, 's ag caoidh !
 'S tric bha mi 's an clann,
 Cluich le cheile air do dhruim ;

STROINEASGAIR.

'S e mo chruadal a luathas

'S a rinn iad sgaoileadh.

'S tric a bha mi, &c.

A Neill bha thu stàtoil,

'N uair thàrna tu 'n cùirt,

Gu deas-bhriathrach, dàna,

Gun fhàilling, gun lùb ;

'S ri bochdan bu ghna leat

Bhi àdhora ciuin ;

A's bheirte buaidh leat ge ehruaidh

'S gam' bi 'n t-aobhar.

'S ri bochdan, &c.

'S ar ghiomanach garbhlaich,

Bu shealgair an fheidh ;

A's namhaid na h-earba,

Led' arm bu mhath gleus ;

'S do ghillean le 'n eallachan,

A falbh air do dheigh ;

Luchdar, tarbhach, 's anmoch

A tearna.

'S do ghillean, &c.

STROINEASGAIR.

Bu chumacail, dealbhach,
Do chalpa deas readh ;
Bu mhath g' an tigeadh bòtain,
'S bu lòghar do cheum ;
Troigh chuimir am broig thu,
Nach leonadh am feur ;
Neartar, fuasgailte, b'ualach
'S an fhraoch i.

Troigh chuimir, &c.

Bu cheannard air sluagh
Marcaich uaibhreach nan steud ;
Gu mòrchuiseach, buadhachar,
Na ghluasad, 's na bheus.
Lamh sgapadh an òir thu,
Gun sòrna aig t-fheum,
Coineal, suairce, làn uaisle
Agus faoileachd,
Lamh sgapadh, &c.

Bu shlineanach, calma,
Neo-chearbach do ghleus ;

STROINEASGAIR.

'S cha 'n fhaichte fear t-airde,
 An aireamh nan ceud ;
 A's dh' aith'nean measg chaich thu,
 Air srad, no air feill ;
 Do chul dualach an uachdar
 Gach laoich dhiu.

A's dh' aith'nean, &c.

Bha triuir ann a dh' ògain,
 'S be 'n dòrainn an call !
 'S e Donnacha bu mhò dhiu,
 Chaidh leon anns an Fhraing ;
 Trìd uaisl', agus cruadal,
 Cha d' ghluais e gun taing,
 Gus na chaill e na bh' ann
 Da fhuil chraobhaich.

Trìd uaisl', &c.

Chaidh Niall a thaobh orda,
 Gu comhna Southuall,
 'S cha 'n fhaichte co boidheach,
 A dh' òigear 'sa champ ;

STROINEASGAIR.

Ach air faotain da fòrlach

Gu seoladh a nall,

Shluig an uaigh long gun bhuidh,

'S a cuid daoine.

Ach air faotain, &c.

Chaidh Alastair òg,

Foinne, seocail, gun mheang,

A dh' Innsean an òir,

Dheanadh stòr leis a pheann ;

Ach an teas, o'n nach cord e

Ri òigre nam beann,

D'fholuich uaigh e, mo chruadal !

Be 'n laoch e.

Ach an teas, &c.

'S e ur gluasad air falbh,

Chuir an calg ann am shuil ;

'S nach cluinn mi guth clarsaich

An Aros a chiuil ;

Far am bu bhinn, cheolach, gàireach,

Piano na smuid,

 SPROINEASGAIR.

Aig do ghruagaichean, gruaidh mhaiseach
 Caoin-gheal.

Far am bu bhinn, &c.

Is àm dhomh bhi m' thàmh,
 Chaill mi armuinn mo rùn!

Cha duisgear le ceol iad

Tha chonuidh 's an ùir!

Ach b'e ur gliocas bhi ordail,

'N ur còra, 's 'n ur rùn.

'S gearr ar cuairt, 's beag ar buanachd

'S an t-saoghal!

Ach b'e ur gliocas, &c.

The Author of this and the following Poem, is a native of the district of Argyle; a house carpenter by trade; but a man of some education, and of uncommon natural endowments. The above is a faithful transcript of the genuine effusions of his mind. It would be unnecessary to say any thing of the merits of the piece, of which every reader must be sensible. But justice obliges us to add, that he is no venal Bard, as he could not have expected the least return from any descendant of the family he so pathetically laments.

MUILEAN LEACUIN.

MUILEAN LEACUIN,

LEIS AN AON CHEUDNA.



CIOD so chuir mi idir
Thighin amcasg an t-sadaich?
B'fhearr bhi feadh nan sliseag,
'S a cluich ris na maidean;
'S e lagaich mo mhisneach,
A chlach bhi 'sa ghlagail,
Na coguisean gligeach,
'S gun smid aig a chlabar.
Gur h-e Mac an Tuairneir
A rinn an dunai!
Mo dhealagan a ghluasad,
'S na bha mu mhuineal;
Thog e mo chlach uachdair
Gu stuagh a mhuilin;
Bu shleamhna i na 'n t-sluasaid,
'S cha tug e buill orr'.

 MUILEAN LEACUIN.

Thuir mi ris a breaca,
 'S an mhionnuich e gu h-ascaoin,
 Do 'n fhear nach robh cneasda,
 Nach tugadh e dab int'.

Thuir Anabla, "'s peacach
 Mar a fag thu ceart i."

Thuir esan, "'S e 'n reachda
 Bhi briseadh na h-acuin."

Thainig cleachdain ur
 Ann am measg nam muillear,
 Bhi briseadh a chùbai,
 'S ga chur a cuma :
 'S e chleachdain nach fiu e,
 Thainig a Muile ;
 'S e 'n doideag a chùinn e,
 'S an leam is duilich.

Ged' tha iad làn ghisreag,
 A dh'iosbuin, a's a dh'asbuin,
 Cha do bhuidhinn mis orr',
 'Thug mi 'n mhaoil an craicean ;

MUILEAN LEACUIN.

Mur biodh Donull iochdar,
 'S cinteach bha mi creachta;
 'S mo chairdean le gliocas
 A cumail rium taice.

Com an leiginn air dìchuimhn
 An teaghlach ceanalt,
 D' am bheil mi toirt cùs
 Airson mo chuid fearain?
 Ged' tha mi gun ni,
 Cha 'n eil mi gun bhainne;
 A's pailteas d' an cuid mìg,
 O'n thainig mi 'n bhaile.

Gu robh orra piseach,
 O'n is tric a chaisg iad,
 A d'fhear a's a d'fhichead.
 An it a's an acras:
 'N uair a bha mise
 Neo-fhiosrach mu m' chairteal,
 Bha m' òl agus m' itheadh,
 Gu tric aca 'n asgaidh.

MUILEAN LEACUIN.

Ach 'san anis tha chruadal,
Bhi dol do'n mhuilean ;
Mur toilich mi 'n tuath,
Biodh mi ann an cunnart :
B'fhearr a bhi 's an uaigh,
No bhi tilleadh tuille !
Teichidh mi Diluain,
'S theid mi bhaile Lunn'ain.
'S ann an sin chaidh Iseabal,
Air mhige, mhaige ;
'S mur tairninn am chrìos i,
Cha tearnain mo chlaigean ;
'N uair chaidh sinn car tiotan,
'N ar sìneadh fo'n phlaide ;
Chaidh ur cuis mhiosguin,
Gu pòga, 's gu caidre.
Thuirt i rium, A thrail !
Cha'n ogh thu do d' shean athair.
Bha t-athair gun spàirn.
Na mhuillear gun mhearachd :

DUILEAN LEACUIN.

Do dhùchas ri ceird,
Cha'n fhaod bhi ni's daingean ;
Mur faight thu 's à ghràn,
'S do bhreth ann san trabhailt.

Thuirt i rium, Glac misneach,
Eirich a's bi tapai :
Ruig a sios Ian Mitseal,
'S bheir e dhuit na facail ;
Cha tòir e droch mheas ort,
Ged' a tha thu d' ghealtair,
'N uair a gheibh e fios
Gu bheil thu measg a dhaltan.

Rainig mise an treun laoch,
Athair gach curai ;
B' e cridhe na feil e,
A's Oide gach muillear :
'N uair dh'innis mi mo sgeul dha,
Mu'n robh mo thuras,
Gu rachain a dh' Eirinn,
Mu'n tillinn tuille.

MUILEAN LEACUIN.

'Thug e cubal slios domh,
 'S thuirt e cab a ch—c rium ;
 Mhaoith e air mo bhreuba,
 Mar tillinn gu tapai.
 Bheir mi dhuit na s' fhios domh,
 Mas' mac thu do Ghilleasbuig ;
 'S theid mi fhein le m' phiocaid,
 A's breacaidh mi chlach dhuit.
 'Thug mi greis gam' chluaideach,
 An deis nam buillean,
 A's thuig mi nach robh fuath anta,
 Ach g'am chumail.
 'N uair a gheall e dol suas leam
 Gu ruig am muilean,
 Cha sealluin air gruamaich,
 Ged' gheibhinn tuille.
 D'fhosgail e sin ciste,
 G'an robh fichead stapull ;
 Fhuair e cearcal miotailt,
 A's chrioslaich e mu alt e :

MUILEAN LEACUIN.

'S chaidh leabhar dearg na fiosachd
A thiota na achlais,
A's leum e suas air iteig
Gu uisge Loch Leacuin.

'N uair thainig e nuas
Air imeachd gach sruthain,
Cha robh alt na bruach ann,
Nach d' rinn e shiubhal :
Gach buitseach, a's ua'bheist,
A bha 'san uighe,
Theich iad anns an nuallanaich,
Do na bruthaibh.

'S ann an sin bha 'n t-sitrich
Ann am measg nan glaisnig !
Leabhar dearg Ian Mhitseil,
Ga'n tìpe, 's ga'n tapa ;
Gach buitseach, a's bitseach,
Tha 'n litir a glacadh ;
Rinn e turlach dhris dhiu,
'S dh'ìobair e do Nec iad.

 MUILEAN LEACUIN.

Faic anis nach misd' thu,
 Ged' robh mis' an taic riut?
 Luchd nan lub 's nan gisreag,
 Leig mi dhuit am faicinn;
 Choisrig mi dhuit t-uisge,
 'T-iarun, agus t-acuin;
 'S cha ghrab luchd nan gisreag,
 A nis thu, ged' rachd iad.

Chuir mi dhiom gach smuairean
 Anis, 's gach mulad;
 A dh'aindeoin mo luchd fuath,
 Biodh mi ann am mhuillear:
 Gach aon ni bha cruaidh orm,
 'S nach robh am urrainn,
 Rinneadh iad a suas domh,
 Le fear a churaic.

The subject of this Poem must have been very barren; putting a mill in order, and losing a hummel cow; but nothing could be better imagined than the machinery made use of; and the whole evinces that the Author is possessed of no ordinary genius.

ORAN.

O R A N.

SEISD.

'S gu 'n òlain slainte Thearlaich,
 Ged' leonadh e gu bàs mi,
 A cheann bhi t-fhaicinn le d' chuid ghaisgeach,
 Tighin dachaidh gu d' àite.
 'S gu 'n òlain slainte Thearlaich.

AN litir ghluais mo dhòchais,
 'S a d'fhiosraich mi Didonuich,
 Gu tug sibh briseadh a luchd chasag,
 D'fhag sibh lag gun treoir iad.

'S gu 'n òlain, &c.

Clann Donuill, suaich'neas fraoich dhoibh,
 A choisneadh buaidh na'm faoda ;
 Gur fada chluinte fuaim ur cruadhach,
 Tighinn roi' thruailleann caola.

'S gu 'n òlain, &c.

'S leat Donull bàn o Lochai,
 Le fir ladair chrodha ;
 Le 'n lannan glas, du'-ghorm, sgaiteach,
 'S math gu casgairt feola.

'S gu 'n òlain, &c.

ORAN.

'S leat Eoghan buidhe o Chluaini,

Bu ro mhath mhire 's tuasaid ;

Le sceine biorach dheana pinne ;

'S a d'fhagadh sileadh chnuac iad.

'S gu 'n òlain, &c.

Gur h-ìomadh oigear meamnach,

A dh'eireadh leat fo'n armaibh ;

Bu neo-ghliogach dol 'san trioblaid,

Griogairich Bhraid-Albainn.

'S gu 'n òlain, &c.

Mac-Shimi òg an Aird leat,

Mar leomhan ri uchd namhaid,

Le fhir dhearga, smiorail, f'heargach,

Leigeadh mealg mu'n sailtean.

'S gu 'n olain, &c.

'S leat Griogairich nan geur lann,

Theid sgiobalta nan eide ;

Biodh roinn gun cheilg orr' an teas feirge,

D'fhagadh earblaich creuchdach.

'S gun olain, &c.

ORAN IRTEACH.

Tha Clainn an Tòisich rioghail,
 Na leomhaine nach strìochda,
 Le'n lannan guineach, sgolta muineal,
 'S iad nach fuiling mi-mhodh.
 'S gu 'n òlain, &c.

'N uair theid an crùn air Seumas,
 Biodh smùid air coinnle cèire ;
 Biodh coinnle laiste am barr gach caisdeil,
 A's dìbh gu bras ga eigheach.
 'S gu 'n òlain, &c.

Our Jacobite songs possessed many excellencies, and the time has elapsed when it would have been imprudent to publish them; yet this one alone is inserted for the striking manner in which some Highland Chiefs are characterised.

ORAN IRTEACH.

CHA teid mise, cha teid mi;
 Hi ri ri ri ri u,
 Cha teid mi gu Mac Iain Mhaoil,
 Ho i hu o, ho i u.
 Cha 'n ann air a tha mo ghaol,
 Hi ri ri ri ri u,

Ach air fear an leadain duinn,
Ho i u o, ho i u.

Giomanach a ghunna chaoil,
Hi ri ri ri ri u,
D'fhagadh an eal air a taobh,
Ho i u o, ho i u.

Eilid bheag nan eanga caol,
Hi ri ri ri ri u,
'S an coileach dubh air bharr an fhraoch,
Ho i u o, ho i u.

Dh' eilich mi 'n dè aig a chaol,
Hi ri ri ri ri u,
Ri righinn òg d' an tug mi gaol,
Ho i u o, ho i u.

Chuir i tacaid ann am thaobh,
Hi ri ri ri ri u,
Oighe dhonn nam mala chaol,
Ho i u o, ho i u.

Mìle marbhaisg air a ghaol,
Hi ri ri ri ri u,
'S ann a rinn e mise chlaoi,
Ho i u o, ho i u.

Cha t-eid mise, cha teid mi,
Hi ri ri ri ri u,
Cha teid mi gu Mac Iain Mhaoil,
Ho i u o, ho i u.

CRIOCH.

